

Comparing things and giving opinions.

Dealing with money.

Activities.

Anns an aonad seo,
coinnichidh tu ri buidheann
de sgoilearan à Acadamaidh
Bhràghaid-Albann a tha
a' dèanamh chur-seachadan
eadar-dhealaichte aig
Ionad-bhùthan Ceann
a' Bhràighe ann an Glaschu.

Latha sa bhaile

Cànan:

Noun replacements:

am fear, an tè, an fheadhainn

Comparing things:

nas fhaide/nas giorra

Opinions:

Chan eil an tè phinc
a'tighinn riut.

Tha sreap-chreagan fada ro
chunnartach.



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Coimhead



1. Farpais Postair

- Tha Ionad Ceann a' Bhràighe a' ruith farpais.
- Tha iad a' cur postair Gàidhlig air dòigh.
- Còmhla ri caraaid/ann am buidheann leugh am fiosrachadh mun fharpais.
- Cuiridh an tidsear ceistean air a' chlas.

Braehead Shopping Centre is running a poster competition. They want a Gaelic poster to advertise their facilities. With a partner or in a group, read the information about the competition. Help each other with any new vocabulary. Your teacher will ask you some questions about what you have read.

Farpais Postair Gàidhlig

*A bheil Gàidhlig agad? A bheil thu math air Ealain?
A bheil thu ag iarraidh mìle not airson a chosg ann
an Ceann a' Bhràighe?*

Tha Ionad Ceann a' Bhràighe ag iarraidh sanas Gàidhlig.

Ann an Ceann a' Bhràighe gheibh thu:

- Ionad-bhùthan
- Talla mòr airson consairtean
- Taigh-dhealbh
- Taighean-bìdh
- Ionad-chleasan 'Xscape'
- Taigh-tasgaidh

**DUAIS
MÌLE NOT!**

Cuir am postair gu:

Seumas Camshron (Manaidsear) Ionad Ceann a' Bhràighe, Rathad an Rìgh, Glaschu

manaidsear@ceannabhraighe.co.uk

(Feumaidh postairean a bhith a-staigh ro 5 An t-Samhain)



2. Rannsachadh

- An robh thu riamh ann an Ceann a' Bhràighe?
- Coimhead air an làrach-lìn.
- Faigh a-mach dè tha ann ri dhèanamh.
- Le cuideachadh bhon tidsear, dèan liosta ann an Gàidhlig agus Beurla de na rudan a tha ri dhèanamh ann.

Have you ever visited the Braehead Centre and Arena? Discuss your visit(s) as a class or look at the website to find out what things you can do there. With help from your **Faclair** and your teacher, make a list in Gaelic and English of the activities on offer.



3. Faodaidh tu bòbhladh fheuchainn!

- Coimhead air na dealbhan.
- Èist ris na cur-seachadan. (Earrann 1)
- Faodaidh tu iad seo fheuchainn aig Ionad Ceann a' Bhràighe.

Listen to the pastimes. You can try any of these at Braehead.

a.



b.



c.



d.



e.





4. Ionad Ceann a' Bhràighe

- Èist ri sgoilearan à Acadamaidh Bhràghaidh-Albann. (Earrann 2)
- Tha iad air a' cheathramh bliadhna.
- Tha iad a' dèanamh rannsachadh air an eadar-lìon air Ceann a' Bhràighe.
- Dè tha ann ri dhèanamh san Ionad?
- Coimhead air na dealbhan.
- Lìon an clàr.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

The 4th year Gaelic class in Breadalbane Academy want to enter the competition. Before they design their poster, they do some research on the Internet to find out what there is to do at Braehead.

Listen to their conversations. Look at the pictures of the activities/facilities they are discussing. Who is discussing what? Copy and complete the table. The first one has been done for you.

	Ainmean	Cur-seachadan
a.	Jessie and Mary Kate	3,
b.	Calum and Johnny	
c.	Rebecca and Chrissie	
d.	Steven and Anna	
e.	Edward and Alan	
f.	Mr MacSween	

1. sreap-chreagan



2. sgitheadh



3. ionad-bhùthan



4. spèileadh



5. hocaìdh-deighe



6. consairt pop



7. falbh air bòrd-sneachda



8. taigh-dhealbh



9. cafaidhean & taighean-bidh



10. geama leusair



Facal ùr

rinc-deighe ice rink



5. The mise airson sgitheadh fheuchainn!

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Tha a' chlann a' bruidhinn mu Ionad Ceann a' Bhràighe.
- Dè tha iad airson fheuchainn?
- Dè eile a chòrdadh riutha?
- Lìon an clàr.

Read the speech bubbles. The pupils are speaking about the Braehead Centre. What do they want to try? What else would they enjoy? Fill in the table.



Tha mise airson sreap-chreagan fheuchainn. Bhiodh e glè mhath. Bhiodh na bùthan a' còrdadh rium cuideachd. Is toigh leam aodach agus brògan.

Màiri Ceit

Tha mise airson sgitheadh fheuchainn. Bhiodh bòbhladh a' còrdadh rium cuideachd.



Seasaidh



Tha mise airson spèileadh fheuchainn. Bhiodh e a' còrdadh rium a dhol gu consairt pop cuideachd. Tha mi uabhasach measail air ceòl agus dannsadh.

Crìosaidh

Tha mise airson
geama leusair fheuchainn.
Bhiodh na taighean-bidh
a' còrdadh rium cuideachd.
Is toigh leam biadh Sìonach.*



Eideard

Tha mi math air sgitheadh
ach cha robh mi riamh air
bòrd-sneachda. Tha mi
fhìn airson sin fheuchainn.
Bhiodh an taigh-dhealbh
a' còrdadh rium cuideachd.
Is fìor thoigh leam
filmichean eibhinn.



Steaphan



Seonaidh

Bu toigh leam sreap-chreagan no
geama leusair fheuchainn. Bhiodh
e a' còrdadh rium a dhol gu geama
hocaidh-deighe. Tha iad math air
ann an Canada. Tha e a' coimhead
cunnartach!

Faclan ùra

Tha mi airson ... fheuchainn
*biadh Sìonach

I want to try...
Chinese food

Name	Wants to try...	Would enjoy...
Mary Kate		
	Ski-ing	
		Going to a pop concert



6. Bhiodh sreap-chreagan a' còrdadh rium

- An còrdadh e riut fhèin a dhol gu Ceann a' Bhràighe?
- Dè chòrdadh riut?
- Dè bhiodh tu airson feuchainn?
- Bruidhinn ri do charaid no ris a' chlas.
- Èist ri Earrann 2 a-rithist no leugh na builgeanan cainnt ann an Eacarsaich 5 airson taic.

Would you enjoy a trip to Braehead? What would you enjoy doing there? What activities would you like to try? Talk to your partner or discuss with your class. Listen to **Earrann 2** again or look at the the speech bubbles in Exercise 5 again to help you with vocabulary.



Bhiodh sreap-chreagan a' còrdadh rium. Tha mi airson bòbhladh fheuchainn cuideachd.



Tha mise airson geama leusair fheuchainn. Bhiodh sgitheadh a' còrdadh rium cuideachd. Abair spòrs!



7. Duais Mìle Not

- Dèan postair airson farpais Ceann a' Bhràighe.
- Cleachd am fiosrachadh a fhuair thu air an eadar-lìon mu dheidhinn.
- Lean na riaghailtean anns an t-sanas ann an Eacarsaich 1.


Make a poster to advertise the Braehead Centre, or a similar venue. Use the information from the competition advert in Exercise 1 and any information you found on the Internet.



8. Bhuannaich sinn!

- Bhuannaich a' chlann ann am Bràghaid-Albainn an fharpais.
- Tha iad uabhasach toilichte gu bheil iad a' dol a Cheann a' Bhràighe.
- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig agus Beurla.

The class is delighted when they hear that they have won the competition. Their Gaelic teacher, Mr MacSween, has offered to take them all to Braehead on a day out together. The pupils are all talking at once. What are they saying? Copy the Gaelic and translate into English.





9. Aig Ceann a' Bhràighe!

- 'S e an latha mòr a th'ann.
- Tha an clas aig Ceann a' Bhràighe.
- Tha Maighstir MacSuain a' bruidhinn ris na sgoilearan.
- Leugh an còmhradh.
- Freagair na ceistean.

The big day has arrived. The class is at Braehead. Mr MacSween is speaking to the pupils. Read the conversation. Answer the questions.

Pàirt A

The class has arrived at Braehead for the day out. Mr MacSween makes some final arrangements with them all before they go their separate ways.

Mgr MacSuain: Seo sinn aig Ceann a' Bhràighe. Tha e deich uairean an-dràsta. A nigheanan, tha sibhse a' dol dhan ionad-bhùthan an toiseach, nach eil?

Nigheanan: Tha.

Mgr MacSuain: Agus tha na balaich a' dol gu Xscape, an t-ionad-chleasan, nach eil?

Balaich: Tha. Bidh sinn a' sreap-chreagan agus an uair sin a' falbh air bòrd-sneachda.

Calum: Bidh Xscape fada nas fheàrr na na bùthan! Tha sinn sgìth de bhùthan.

Mgr MacSuain: Glè mhath. Gabhaidh sinn biadh còmhla aig uair. Càit a bheil sibh ag iarraidh ithe?

Clas: McDonalds!

Mgr MacSuain: Ceart. Uair feasgar aig McDonalds. Tha e shuas an staidhre anns an Ionad-bhùthan.

Ceistean A

1. At what time do they arrive at Braehead?
2. Where are the girls going first?
3. a) Where are the boys going first?
b) What two activities will they be doing there?
4. What comment does Calum make?
5. What time will they be meeting for lunch?
6. Where is McDonalds located?

Pàirt B

Mr MacSween wants to make sure he and the pupils can contact each other in case of any problems.

Mgr MacSuain: A bheil fòn-làimhe aig a h-uile duine?

Clas: Tha.

Mgr MacSuain: Glè mhath. Seo an àireamh-fòn agam. Neoni, a seachd, a seachd, a h-ochd, a naoi, a trì, a trì, a dhà, a sia, a còig, a h-aon. An d'fhuair sibh sin?

Clas: Fhuair.

Calum: A Mhaighstir MhicSuain, a bheil sibh airson tighinn gu Xscape còmhla rinn?

Mgr MacSuain: Chan eil tapadh leat, a Chalum. Thèid mise dhan taigh-tasgaidh. Siuthadaibh ma-thà.

Ceistean B

1. What is Mr MacSween's mobile number?
2. What does Calum ask Mr MacSween?
3. Where has Mr MacSween chosen to go?

Pàirt C

Mr MacSween gives each pupil an equal share of the £1000 prize money.

Mgr MacSuain: Seo an t-airgead agaibh. Ceud not an duine. Ceart gu leòr?

Clas: Tha, tapadh leibh.

Mgr MacSuain: Siuthadaibh ma-thà. Chì mi aig uair sibh. Tha mi an dòchas gun còrd e ribh! Agus ... bithibh modhail!

Clas: Ceart gu leòr.

Ceistean C

1. a) How much money does Mr MacSween give each pupil?
b) Can you work out how many pupils are on the trip?
2. What does Mr MacSween hope?
3. What is the last instruction he gives the class?



Dèan Eacarsaich 10 no Eacarsaich 11

10a. 'S fheàrr leam an tè phurpaidh 1

- Èist ri Earrann 3.
- Tha Anna agus Crìosaidh anns an ionad-bhùthan agus a' coimhead air aodach.
- Èist airson faclan ùra.

Listen to Annie and Chrissie. They are in the shopping mall looking at clothes.
Listen for the new words **tè**, **fear** and **feadhainn**.

10b. Is fheàrr leam an tè phurpaidh 2

Obair 1

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 3)
- Leugh na seantansan agus lìon na beàrnan leis na faclan bhon bhogsa.
- Sgrìobh na seantansan.

Listen to Anne and Chrissie again. Complete the sentences with words from the box below.

Faclan

£100 £200 big pink better purple white

- Chrissie thinks the _____ dress is really beautiful.
- Anna prefers the _____ one.
- The pink dress costs _____.
- Anna says Topshop have _____ ones.
- Chrissie will have a _____ coffee.

Obair 2

- Èist a-rithist. (Earrann 3)
- A bheil na h-ainmearan anns an earrainn fireann no boireann?

Listen to the extract again. You should be able to work out the gender of the two nouns being discussed.

Is **dreasa** a feminine or a masculine noun?

Is **cofaidh** a feminine or a masculine noun?

Faclan ùra

(an) tè	(the) one
(am) fear	(the) one
(an) f(h)eadhainn	(the) ones



11a. Feuch an tè bhuidhe 1

- Èist ri Earrann 4.
- Tha na balaich anns an ionad-chleasan a' dèanamh deiseil airson sreap-chreagan.
- Èist airson faclan ùra.

The boys are in the activity centre hiring equipment for their rock-climbing lesson. The assistant helps Edward find the right equipment. Listen for the new words **tè, fear** and **feadhainn**.



11b. Feuch an tè bhuidhe 2

Obair 1

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 4)
- Leugh na seantansan agus lion na beàrnan leis na faclan bhon bhogsa.
- Sgrìobh na seantansan.

Listen to **Earrann 4** again. Complete the sentences with words from the box below.

Faclan

black white yellow small green bigger better

- The first jacket Edward tries on is far too _____.
- The assistant says the _____ one is bigger.
- Edward says the green one is much _____.
- The assistant has black and _____ helmets.
- Edward chooses a _____ one.

Obair 2

- Èist a-rithist. (Earrann 3b)
- A bheil na h-ainmearan anns an earrainn fireann no boireann?

Listen to the extract again. You should be able to work out the gender of the three nouns being discussed.

Is **seacaid** a feminine or a masculine noun?

Is **clogaid** (helmet) a feminine or a masculine noun?

Is **ròp** (a rope) a feminine or masculine noun?





Tha mi a' dèanamh cupa cofaidh. A bheil thu ag iarraidh fear?

ceum cànan:
language step

This one, that one or these?

If you want to refer to something as **one**, you use the words **tè** or **fear**, depending on whether the noun is feminine or masculine.

Cha toigh leam an tè seo. I don't like this one.

'S fheàrr leam am fear seo. I prefer this one.

Fear is used to talk about a masculine noun.

Tè is used when you are talking about a feminine noun.

Therefore, it is important that you know whether the thing you are talking about is masculine or feminine, so that you know whether to use **fear** or **tè**.

As with all feminine nouns, adjectives that describe them will be lenited if possible.

Mar eisimpleir:

tè phinc /fear pinc a pink one

tè phurpaidh/fear purpaidh a purple one

tè ghorm/fear gorm a blue one

If you are referring to more than one thing, you use the word **feadhainn**.

Tha mi ag iarraidh feadhainn dhubha. I want black ones.

Notice that adjectives that come after **feadhainn** can sometimes change slightly. This is because the word **feadhainn** is feminine. Even though it is feminine, it is used to refer to things in the plural, regardless of whether they are feminine or masculine.

Mar eisimpleir:

feadhainn bheaga/an fheadhainn bheaga little ones/the little ones

feadhainn mhòra/an fheadhainn mhòra big ones/the big ones

feadhainn gheala/an fheadhainn gheala white ones/the white ones

See **Ceumannan cànan p408-409** for more examples and exercises on this.



12. Anns an rùm-èididh

- Èist ris an earrainn. (Earrann 5)
- Tha daoine anns an rùm-èididh.
- Tha an rùm-èididh trang.
- A bheil na daoine a' bruidhinn air aon rud no barrachd air aon?
- A bheil na rudan singilte fireann no boireann?

Listen to the extracts. The changing rooms are very busy. You will hear some of the comments from shoppers as they try items on. Are the items singular or plural? If they are singular, are they masculine or feminine? Can you tell? Enter your information into the table. The first one has been done for you.

Eisimpleir	Singular	Plural	Masculine	Feminine	Can't tell
a.	✓			✓	
b.					
c.					
d.					
e.					
f.					
g.					

Cuimhnich!

ro too
ro ghoirid too short





13. Cò an tè as fheàrr leat?

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Cò an tè/am fear/an fheadhainn as fheàrr le do charaid?
- Cò an tè/am fear/an fheadhainn as fheàrr leat?
- Gabhaibh turas mu seach.

Work with a partner. Look at the pictures. Ask your partner which one/ones they prefer. Which one/ones do you prefer? Take turn about.



GAELIC

ENGLISH





14. Chan eil an tè phinc a' tighinn riut

- Èist ris an earrainn. (Earrann 6)
- Tha daoine a' cur aodach orra.
- Dè tha iad a' cur orra?
- A bheil an t-aodach a' tighinn riutha?
- Cuir ✓ no X ann.
- Lìon an clàr.

Listen to these people. People are getting dressed. What are they putting on? Does the item suit them?

	Aodach	Tha (✓)/Chan eil (X)... a' tighinn riutha
a.	tie	✓
b.		
c.		
d.		
e.		



15. Anns an fhasan

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air aodach ann an catalog, iris no air-loidhne.
- Feumaidh tu aodach a thaghadh airson do charaid.
- Dè bhiodh agus dè nach biodh a' tighinn ris/rithe?

Work with a partner. Look at pictures of outfits in a catalogue, magazine or online. What do you think would suit your partner? What would not suit him/her? What do they think of your choices?

Tha sin a' tighinn riut!

If you want to tell someone that something does or doesn't suit him/her, you say:

Tha/Chan eil ... a' tighinn riut.

Mar eisimpleir:

Tha an lèine sin a' tighinn riut. That shirt suits you.

Chan eil a' bhriogais sin a' tighinn riut. Those trousers don't suit you.

Remember to use **ribh** instead of **riut** if you are being polite or talking to more than one person.

To ask if something suits you, you say:

A bheil ... a' tighinn rium?

Mar eisimpleir:

A bheil am fear donn a' tighinn rium?

Does the brown one suit me?

To say what suits/doesn't suit someone else, you say:

Tha/Chan eil ... a' tighinn ris. That ... does/doesn't suit him.

Tha/Chan eil ... a' tighinn rithe. That ... does/doesn't suit her.

To tell someone that you think something would suit them, you say:

Bhiodh ... a' tighinn riut/ribh. That ... would suit you.





16. Dealbh-chluich

- Ann am buidheann, leugh a-mach dealbh-chluich A no B.
- Dèan an obair.

In a group, read *either* play A or B aloud. You should read your chosen play at least twice. Discuss what happens in the play, then complete the tasks.

Dealbh-chluich A

Bidh mi air mo lathadh!

- Tha Beathag, Màiri Ceit agus Seasaidh anns an Ionad-bhùthan.

Rebecca, Mary Kate and Jessie are still in the shopping centre.

Abairtean ùra

Bidh mi air mo lathadh

I'll be frozen

Tha an t-acras gam tholladh

I'm starving

The girls are about to head for the changing rooms.

Beathag: Tha mi airson a' bhriogais agus an dà gheansaidh seo fheuchainn.
A bheil càil agadsa, a Mhàiri Ceit?

Màiri Ceit: Tha. Tha mi airson an dreasa, an sgiorta agus an t-seacaid seo fheuchainn.
Dè th'agad, a Sheasaidh?

Seasaidh: Tha dreasa, blobhsa agus dinichean agam. Thugainn! Thèid sinn a-steach dhan rùm-èididh.

Ceistean

1. List the items of clothing each girl wants to try on.

In the changing rooms, the girls ask the others' opinions.

Beathag: A bheil an geansaidh gorm seo a' tighinn rium? Dè do bheachd?

Màiri Ceit: Hmm, chan eil e a' tighinn riut. Tha e snog gu leòr ach 's fheàrr leam am fear dearg.

Beathag: Agus dè mun a' bhriogais?

Màiri Ceit: Ò, tha i àlainn. Tha i a' tighinn riut.

Beathag: Tapadh leat.

Màiri Ceit: Dè do bheachd air an sgiorta seo?

Beathag: Tha i a' tighinn riut, ach tha i ro mhòr. Feuch tè nas lugha, 's dòcha.

Ceistean

2. Which item of clothing does Mary Kate think suits Rebecca?
3. What item of clothing does she say doesn't suit Rebecca?
4. What two comments does Rebecca make about what Mary Kate is trying on?
5. What does Rebecca tell Mary Kate to try instead?

Jessie is taking a long time to come out of the changing room...

Beathag: A bheil thusa deiseil, a Sheasaidh?

Seasaidh: Tha, gu bhith. Mionaid bheag...

Mary Kate and Becky are very impressed with Jessie's outfit, but Jessie's not so sure...

Beathag: Wow! Tha thu a' coimhead snog, a Sheasaidh. Abair dreasa bhrèagha. Tha i a' tighinn riut.

Seasaidh: Obh obh! Chan eil. Chan eil seo a' tighinn rium idir! Tha mi a' coimhead cho reamhar ri ròn! Seall air mo stamag!

Beathag: Ist! Chan eil thu! Tha thu cho caol ri bior!

Màiri Ceit: A Sheasaidh, tha an dreasa brèagha ort. Tha i a' tighinn riut gu math. Tha i uabhasach fasanta. Dè tha ceàrr?

Seasaidh: Hmm. Chan eil mi cho cinnteach.

Ceistean

6. Jessie thinks she looks as _____ as a _____.
7. Rebecca tells her she is as _____ as a _____.
8. Mary Kate thinks the dress looks _____ on Jessie. It suits her and it's very _____.



Jessie doesn't think the dress is suitable for this time of year though...

Beathag: Bhiodh i math airson dannsa Nollaig na sgoile.

Seasaidh: Dè? Cha bhitheadh i! A bheil thu glic, a Bheathag? Tha i fada ro ghoirid.
'S e an Dùbhlachd a th'ann! Bidh mi air mo lathadh!

Màiri Ceit: Cha bhi. Och, siuthad, a Seasaidh. Ceannaich i. Tha i cho brèagha.
Dè na tha i?

Seasaidh: Fichead not ach sgillinn. Chan eil sin dona.

Màiri Ceit: Fichead not ach sgillinn? Abair bargan!

Beathag: 'S e bargan a th'ann. Chan fhaigh thu tè eile cho snog aig a' phrìs sin.

Ceistean

9. What would the dress be suitable for, according to Rebecca?
10. Jessie clearly doesn't agree. What reasons does she give?
11. How much does the dress cost?
12. What do Mary Kate and Rebecca think of the price?

Jessie is starting to come round to the idea...

Seasaidh: Uill... A bheil i a' tighinn rium?

Beathag agus

Màiri Ceit: Tha.

Seasaidh: A bheil sibh cinnteach?

Beathag agus

Màiri Ceit: Tha sinn cinnteach!

Seasaidh: Uill, chan eil i ro dhaor...

Màiri Ceit: Chan eil.

Seasaidh: Ceart gu leòr, ma-thà. Gheibh mi i.

Beathag: Glè mhath.

The girls join the queue to pay for their items.

Màiri Ceit: Tha e gu bhith uair. Feumaidh sinn falbh gu McDonalds.

Seasaidh: Glè mhath. Tha an t-acras gam tholladh!

Beathag: Tha mise ag iarraidh burgar-càise agus reòiteag. Mmmmmath math!

Ceistean

- Cuir crìoch air na seantansan.
- Tha na faclan anns a' bhogsa gu h-ìosal.

Complete these sentences. The missing words are in each of the boxes below.

13. Jessie decides to buy the dress because it _____ and it _____.

suits her
will keep her warm.

is a nice colour
is not too expensive

14. The time is _____.

almost one o'clock
quarter to one

about one o'clock
just after one o'clock

15. Jessie says she is _____.

starving
thirsty

freezing
happy



Obair eile

- Lorg na h-abairtean ann an Gàidhlig anns an dealbh-chluich air fad.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig agus Beurla.

Find the Gaelic for these phrases in the different sections of the play. Copy the Gaelic and English for each one.

1. Let's go.
2. What do you think?
3. It suits you.
4. maybe
5. You look nice.
6. really fashionable
7. I'm not so sure.
8. Are you wise?
9. far too short
10. I'll be frozen.
11. Go on.
12. What a bargain!
13. I'm starving.

Dealbh-chluich B.

- Tha Steaphan, Seonaidh agus Calum anns an ionad-chleasan, a' dèanamh deiseil airson falbh air bòrd-sneachda.
- Tha iad a' faighinn aodach is eile air mhàl bho neach-taic.

Steven, Johnny and Calum are in the activity centre. They are hiring equipment to go snow boarding.

Tha mi air mo lathadh!



Abairtean ùra

Tha mi air mo lathadh

I'm frozen

Tha an t-acras gam tholladh

I'm starving

Dùin do chab!

Shut up!

Dè am meud?

What size?

The assistant tells the boys what equipment they will need to go snowboarding.

Neach-taic: Feumaidh sibh seacaidean-sneachda, briogais-sneachda, miotagan-sneachda, speuclairean-sneachda, bòtannan-sneachda agus bòrd-sneachda.

Steven is last to be given his equipment. The others are ready, waiting for him when he comes out of the changing room. He doesn't look happy...

Seonaidh: Ò, Steaphain, tha na bòtannan pinca a' tighinn riut! Tha thu a' coimhead cho snog! Tha an t-seacaid phurpaidh àlainn!

Steaphan: Dùin do chab, a Sheonaidh! Trustair!

Neach-taic: Siuthadaibh a-nis. Tha sibh deiseil. Tha mi an dòchas gun còrd e ribh.

Calum agus

Seonaidh: Tapadh leibh.

Ceistean

1. List the items of snow boarding equipment the assistant tells the boys they will need.
2. What is Steven wearing when he comes out of the changing room?
3. Johnny teases Steven about his outfit. What does Steven tell him to do?
4. What does the assistant hope?



Steven goes back to speak to the assistant.

Steaphan: Gabhaibh mo leisgeul.

Neach-taic: Seadh?

Steaphan: A bheil bòtannan eile agaibh? Feadhainn dhubha, 's dòcha?

Neach-taic: Chan eil mi cinnteach. Bheir mi sùil. Dè am meud?

Steaphan: Deich, mas e ur toil e.

Neach-taic: Seo ma-thà. Feadhainn dhubha.

Steaphan: Ah, tha an fheadhainn seo fada nas fheàrr! Ò tha, tha iad a' tighinn rium nas fheàrr. Tapadh leibh. Agus a bheil seacaid eile agaibh? Tè dhubh cuideachd?

Neach-taic: Tha tè dhubh agam ach bidh i fada ro bheag. Tha mi duilich. Dè tha ceàrr?

Steaphan: Cha toigh leam purpaidh. Tha mi a' coimhead gòrach.

The boys are getting impatient now.

Calum: Greas ort, Steaphain!

Steaphan: Tha mi ag iarraidh seacaid eile.

Seonaidh: Tha an tè sin ceart gu leòr. Thugainn!

Steaphan: Huh. Chan eil seo gu bhith math idir.

Ceistean

- What colour of boots does Steven want?
- What size of boots does Steven need?
- Steven says the new boots are _____ and that they _____.

much smaller	fit him better
much better	suit him better

- Steven asks the assistant for _____. The assistant tells him the only one he has will be _____.

a black jacket	far too small
a smaller jacket	far too big

- Steven _____ the jacket he has on. He thinks he looks _____.

likes	fashionable
doesn't like	stupid

- What does Johnny say about Steven's jacket?

After spending an hour on the slopes, the boys go back to hand in their equipment.

Neach-taic: An do chòrd sin ribh?

Seonaidh: Chòrd! Bha e sgoinneil.

Calum: Chòrd e rium, ach cha robh mi math air. Thuit mi deich tursan agus tha mi cho goirt a-nis.

Steaphan: Chòrd e rium. Bha e fìor mhath ach tha mi air mo lathadh a-nis!

Calum: Uill cha robh seacaid ort, 'ille!

Steaphan: Cha robh gu dearbh. Bha i purpaidh!

Seonaidh: Och bithibh sàmhach! Tha an t-acras gam tholladh! An tèid sinn dhan chafaidh?

Steaphan: Dè an uair a tha e?

Calum: Tha e gu bhith uair! Feumaidh sinn a dhol gu McDonalds. Tha mise ag iarraidh còc agus sliseagan.

Seonaidh: Tha mise a' dol a ghabhail burgair mòr agus reòiteag.

Steaphan: Reòiteag? A bheil thu glic? Tha mi fhìn ag iarraidh seòclaid theth. Tha mi air mo lathadh.

Ceistean

11. How are each of the boys feeling after snowboarding? Choose a word/phrase for each of them.

- ◆ Calum is _____
- ◆ Steven is _____
- ◆ Johnny is _____

so sore
starving

frozen
so tired

12. Why is Calum feeling like this?

13. What explanation does Calum give for how Steven is feeling?

14. The time is

almost one o'clock
quarter to one

about one o'clock
just after one o'clock

15. Make a list of what each boy wants to eat and drink.



Obair eile

- Lorg na h-abairtean ann an Gàidhlig anns an dealbh-chluich.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig agus Beurla.

Find the Gaelic for these phrases in the play. Copy the Gaelic and English.

1. Shut up!
2. Go on!
3. maybe
4. I'm not sure.
5. much better
6. They suit me.
7. far too small
8. What's wrong?
9. I look stupid.
10. Let's go!
11. I'm frozen.
12. I'm starving.
13. Are you wise?



17. Fasan

- Bruidhinn mar chlas no ann am buidheann air na ceistean seo.
- Dè do bheachd?

Discuss the following questions as a class or in groups. What are your opinions?

- ◆ A bheil ùidh agad ann am fasan?
- ◆ Dè an t-aodach a tha anns an fhasan an-dràsta?
- ◆ An toigh leat an t-aodach a tha anns an fhasan an-dràsta?
- ◆ Dè an t-aodach as fheàrr leat? (mar eisimpleir: aodach spaideil, aodach spòrs, aodach dubh)
- ◆ Dè an t-aodach nach toigh leat?
- ◆ Am bi thu fhèin a' ceannach aodach?
- ◆ Dè am beachd a th' aig do phàrant(an) air d' aodach?
- ◆ Am bi do phàrant(an) a' trod riut mu d' aodach?
- ◆ A bheil aodach cudromach dhut?
- ◆ A bheil thu a' smaoinachadh gu bheil e cudromach dè an t-aodach a bhios air daoine eile?

Abairtean feumail

Tha mise a' smaoinachadh gu bheil...

I think that...

Nam bheachdsa...

In my opinion...

Tha/Chan eil e gu diofar

It does/doesn't matter

Chan eil mi cinnteach

I'm not sure


Chan eil fhios agam

I don't know






18. Not ach sgillinn

Not ach sgillinn?
Ah! Sin 99sg. Tha
mi a' tuigsinn a-nis.



- Èist ris an earrainn. (Earrann 7)
- Coimhead air na dealbhan agus na prìsean.
- Èist ris na faclan ùra.

Listen to the items and their prices. Look at the pictures. Listen out for new vocabulary.



ceum càinain:
language step

not ach sgillinn – 99p

Instead of saying **naochad sgillinn 'a naoi** (99p), another way of saying this is **not ach sgillinn** (literally £1 minus a penny)

Mar eisimpleir:

£1.99

dà not ach sgillinn

£4.99

còig notaichean ach sgillinn

£9.99

deich notaichean ach sgillinn

£29.99

trithead not ach sgillinn



19. Tha mi ag iarraidh burgair mòr

- Èist ris an earrainn. (Earrann 8)
- Tha Mgr MacSuaain agus a' chlann a' dol a ghabhail grèim.
- Èist riutha ag òrdachadh biadh.
- Dè tha iad ag iarraidh?
- Lìon an clàr.

Mr MacSween and the pupils have met up for lunch. Listen to them ordering food. What do they want? Fill in the table.

Customer	Items	Total (£)
a.		
b.		
c.		



20. Deich notaichean ach sgillinn

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air na dealbhan agus na prìsean.
- Dèan suas còmhradh ann am bùth/cafaidh.
- Cleachd na faclan ùra.
- Èist ri Earrann 6 agus 7 a-rithist airson taic.
- Gabhaibh turas mu seach, a' ceannach agus a' frithealadh.

Work with a partner. You are in a shop or a café. Look at the items below and their prices. Tell the assistant what you want and ask for the price. Take turn about as the customer/assistant. Use the new vocabulary for the prices. Listen to **Earrann 5** and **Earrann 6** again to help you.








21. Dè na tha sin?

- Sgrìobh na prìsean ann an Gàidhlig.

Write these prices in Gaelic.



22. Dè rinn sibh sa mhadainn?

- Tha a h-uile duine air an turas-sgoile a' bruidhinn mu na rinn iad sa mhadainn agus dè nì iad feasgar.
- Leugh a-mach an còmhradh mar chlas no ann am buidheann.
- Sgrìobh am fiosrachadh sa chlàr.
- Bheir an tidsear taic dhut.

Everyone on the trip to Braehead is chatting about what they did in the morning and what they plan to do for the rest of the day. Read the conversation out loud as a class or in a large group. As a group, write as much information as you can in the table below. When you have finished, compare your work with another group. Help each other to improve your work. Your teacher will help you throughout the exercise.

Mr MacSween is keen to find out about everyone's day so far.

Mgr MacSuain: Dè rinn sibh sa mhadainn?

Eideard: Bha sinne a'sreap-chreagan agus an uair sin bha sinn a' falbh air bòrd-sneachda.

Mgr MacSuain: An do chòrd e ribh?

Eideard: Chòrd.

Ailean: Bha e math dha-rìribh.

Steaphan: Bha e math, ach bha mise air mo lathadh.

Mgr MacSuain: An robh an t-ionad-chleasan daor?

Calum: Cha robh. Chosg e còig notaichean deug ach sgillinn airson sreap chreagan.

Màiri Ceit: Chaidh sinne dhan ionad-bhùthan.

Mgr MacSuain: An d'fhuair sibh barganan?

Seasaidh: Fhuair! Cheannaich mise dreasa airson dannsa Nollaig na sgoile. Seall. Fichead not ach sgillinn.

Criosaidh: Tha sin àlainn, a Sheasaidh. Abair bargan!

Seasaidh: Tapadh leat.

Beathag: Fhuair mi fhèin briogais agus geansaidh.

Anna wants to know what Mr MacSween did.

Anna: Dè rinn sibh fhèin, a Mhaighstir MhicSuain?

Mgr MacSuain: Chaidh mi dhan taigh-tasgaidh agus an uair sin ghabh mi cupa cofaidh agus leugh mi am pàipear.

Anna: An do chòrd e ribh?

Mgr MacSuain: Chòrd. Bha an taigh-tasgaidh inntinneach.

The pupils chat about their plans for the rest of the day.

Seonaidh: Tha sinne a' dol a choimhead air gaama hocaidd-deighe aig dà uair agus an uair sin tha sinn a' dol a chluich geama leusair aig a ceithir.

Criosaidh: Tha sinne airson sreap-chreagan fheuchainn. An uair sin tha sinn a' dol a choimhead air taisbeanadh fasain anns an ionad-bhùthan aig trì uairean.

Seonaidh: Dè tha sibh fhèin a' dol a dhèanamh, a Mhaighstir MhicSuain? A bheil sibh airson geama leusair fheuchainn còmhla rinn?

Mgr MacSuain: Chan eil tapadh leat, a Sheonaidh. Tha mi a' dol a choimhead film, tha mi a' smaoinichadh.

	Morning activities	Afternoon activities
Boys		
Girls		
Mr MacSween		



23. Thèid sinn gu Wongs

- Èist ris an earrainn. (Earrann 9)
- Tha Mgr MacSuain fhathast a' bruidhinn ris na sgoilearan.
- Freagair na ceistean.

Listen to the rest of the conversation between Mr MacSween and the pupils at lunchtime. Answer the questions.

- At what time will the group meet for dinner?
- What kind of food will they be having?
- Where is the restaurant located?
- Anna is surprised when Alan says he is hungry again after such a big lunch. List four of the five things Alan ate for lunch.



24. Chan eil sgillinn ruadh agam air fhàgail!

- Leugh an còmhradh agus/no èist ris (Earrann 10).
- Tha am buidheann a' gabhail dinnear ann an Wongs.
- Tha iad a' bruidhinn mu na chosg iad ann an Ceann a' Bhràighe.
- Freagair na ceistean.

The pupils and Mr MacSween are having dinner at Wongs in Braehead. They are talking about their day and how much money they have spent from the £100 prize money they each had. Listen to or read their conversation and then answer the questions.



Mgr MacSuain: Uill uill abair biadh blasta. An do chòrd e ribh, a chlann?

Clann: Chòrd.

Eideard: Bha a h-uile rud fìor mhath.

Ailean: Bha an Chop Suey agamsa sgoinneil. Tha mi cho làn ri ugh.

Mgr MacSuain: An do chòrd an latha ribh uile?

A h-uile duine: Chòrd.

Mgr MacSuain: An do chosg sibh uile an t-airgead agaibh?

Anna: Chosg. Chan eil sgillinn ruadh agam a-nis. Cheannaich mi aodach, brògan, leabhar agus suiteas agus chaidh mi fhèin agus Criosaidh a sgitheadh! Chòrd an latha rium gu mòr.

Mgr MacSuain: Dè th'agad air fhàgail, a Sheonaidh?

Seonaidh: Chan eil mòran! Coimheadaidh mi. Tha not ach sgillinn agam air fhàgail.

Mgr MacSuain: Dè rinn thu leis?

Seonaidh: Bha mi a' sreap-chreagan agus a' falbh air bòrd-sneachda anns an ionad-chleasan agus fhuair mi dà leabhar, DVD, ball-coise agus lèine Chelsea anns na bùthan feasgar.

Mgr MacSuain: Rinn thu math dha-rìribh.

Seasaidh: Fhuair mise tòrr anns na bùthan ach tha seachd notaichean agam air fhàgail. Dè th'agad air fhàgail, a Mhàiri Ceit?

Màiri Ceit: Fuirich. Coimheadaidh mi nam sporan. Tha... còig, sia, seachd, ochd notaichean agus... caogad, seachdad, naochad, ... còig, seachd, naoi, aon sgillinn deug... Tha naoi notaichean agus sgillinn agam air fhàgail.

Beathag: Chan eil sgillinn ruadh agam air fhàgail. Abair latha math. Chan eil càil nas fheàrr na latha anns na bùthan ach obh obh! Tha mo chasan goirt a-nis.

Ailean: Tha leth-cheud sgillinn agam air fhàgail. Glè mhath. Gu leòr airson pacaid chrisps air an rathad dhachaigh.

A h-uile duine: Ò, Ailein!

Neach frithealaidh: A bheil sibh deiseil?

Mgr MacSuain: Tha

Neach frithealaidh: Tha mi an dòchas gun do chòrd am biadh ribh.

Mgr MacSuain: Chòrd gu dearbha. Tapadh leibh.

Neach frithealaidh: 'S e ur beatha.

Mgr MacSuain: Ceart ma-thà, a bheil sibh deiseil?

A h-uile duine: Tha

Mgr MacSuain: Thugainnibh!

Ceistean

1. Which pupils spent all their money?
2. Which pupils have some money left over?
3. a) Who has the most money left over?
b) Write in Gaelic the figure that he/she spent.
4. What does Alan plan to do on the way home?
5. List the things that **either** Anna or Johnny spent their money on.



25. Spòrs sa bhaile

- Obraichibh ann am buidheann.
- Sgrìobhaibh dealbh-chluich còmhla mu latha sa bhaile.
- Dèanaibh an dealbh-chluich air beulaibh a' chlas.
- Dèanaibh film den dealbh-chluich.
- Dè cho math 's a bha na filmichean?
- Cuiribh am film air làrach Ceumannan!

Working in a group, write a short play based on a day out with friends. You can set your play in a shopping centre, at an activity centre, the cinema, a café, a football match or anywhere else you might go with your friends. Try to use as much new vocabulary as you can. Your teacher may be able to film you performing your play for your class. How good were the films? Why not upload your video to the Ceumannan site?

Tha thu deiseil de **Mhodail 3 Aonad 1**.

'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraaid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



☐ 'S urrainn dhomh/I can:

☐ Name some hobbies/ activities

☐ Tell someone to try something

☐ Ask if someone would like to try something

☐ Ask if something suits me

☐ Say that something suits/doesn't suit someone

☐ Use the words **fear**, **tè** and **feadhainn** to refer to nouns

☐ Say that I am starving

☐ Say that I am freezing

☐ Say that something costs £___.99p

Faclan is abairtean

**polite/plural*

Latha sa bhaile

A bheil ... a' tighinn rium?
 ball-pheantadh
 bòbhladh
 bòrd-sneachda, am bòrd-sneachda (m)
 Ceann a' Bhràighe
 a' falbh air bòrd-sneachda
 geama leusair, an geama leusair (m)
 hocaidh-deighe (m)
 Ionad Cheann a' Bhràighe
 ionad-bhùthan, an t-ionad-bhùthan (m)
 ionad-chleasan, an t-ionad-chleasan (m)
 rinc-deighe, an rinc-deighe (f)
 sreap-chreagan
 taisbeanadh fasain, an taisbeanadh fasain(m)
 tòrr bhùthan

A' bruidhinn mu aodach

A bheil ... a' tighinn rium?
 am fear beag
 an fheadhainn bheaga
 an tè bheag
 anns an fhasan
 bargan, am bargan (m)
 Bhiodh ... a' tighinn riut.
 bòtannan-sneachda, na bòtannan-sneachda
 briogais-sneachda, a' bhriogais-sneachda (f)
 clogaid, a' chlogaid (f)
 Dè am meud?
 fada nas fheàrr
 fada ro bheag
 fada ro ghoirid
 fada ro mhòr
 fasan, am fasan (m)
 feadhainn, an fheadhainn(f)
 fear, am fear (m)
 Is fheàrr leam am fear sin.
 Is fheàrr leam an tè sin.
 meud a deich

A day in town

Does ... suit me?
 paintballing
 bowling
 snowboard, the snowboard
 Braehead
 snowboarding
 Laser Quest, the Laser Quest
 ice hockey
 Braehead Centre
 shopping centre, the shopping centre
 activity centre, the activity centre
 ice rink, the ice rink
 rock climbing
 fashion show, the fashion show
 lots of shops

talking about clothes

Do/does ... suit me?
 the small one (referring to a masculine noun)
 the small ones
 the small one(referring to a feminine noun)
 in fashion
 bargain, the bargain
 ...would suit you.
 ski boots, the ski boots
 salopettes, the salopettes
 helmet, the helmet
 What size?
 much better
 far too small
 far too short
 far too big
 fashion, the fashion
 ones, the ones
 one, the one (referring to a masculine noun)
 I prefer that one. (referring to a masculine noun)
 I prefer that one. (referring to a feminine noun)
 size ten

meud, am meud (m)
 miotagan-sneachda, na miotagan-sneachda
 nas fhaide
 nas giorra
 rùm-èididh, an rùm-èididh (m)
 seacaid-sneachda, an t-seacaid-sneachda (f)
 speuclairean-sneachda, na speuclairean-sneachda
 tè, an tè (f)

Tha mi an dòchas gun còrd e rithe/ris.
 Tha mi an dòchas gun còrd e riut/ribh.*
 Tha/chan eil ... a' tighinn ris.
 Tha/chan eil ... a' tighinn rithe.
 Tha/chan eil ... a' tighinn riut.

A' feuchainn rudan ùra

Feuch seo ort!
 a' feuchainn
 Tha mi airson feuchainn
 Tha mi airson ... fheuchainn.

Airgead agus àireamhan

Abair bargan!
 Abair pris!
 ceud not an duine
 cho daor
 deich notaichean ach sgillinn
 dusan
 fada ro dhaor
 mile not
 not ach sgillinn
 ri chosg
 a' trod
 Dùin do chab!
 'Ille
 Tha/Chan eil e gu diofar
 Trustair!

Eile

A bheil thu cinnteach?
 A bheil thu glic?
 a h-uile duine
 Acadamaidh Bhràghaid-Albann
 biadh Sionach
 Bidh mi air mo lathadh.
 còmhla rinn
 còmhla
 Eideard

size, the size
 ski gloves, the ski gloves
 longer
 shorter
 changing room, the changing room
 ski jacket, the ski jacket
 ski goggles, the ski goggles
 one, the one (referring to a feminine noun)
 I hope that she/he enjoys/likes it.
 I hope that you enjoy/like it.
 ...does/doesn't suit him.
 ...does/doesn't suit her.
 ...does/doesn't suit you.

Trying new things

Try this on!
 trying
 I would like to try.
 I would like to try...

Money agus numbers

What a bargain!
 What a price!
 £100 per person
 so expensive
 £9.99
 a dozen
 far too expensive
 £1,000
 99p
 to spend
 squabbling
 Shut up!
 Laddie
 It does/doesn't matter
 Rotter!

Other

Are you sure?
 Are you wise?
 everyone
 Breadalbane Academy
 Chinese food
 I'll be frozen.
 with us
 together
 Edward

farpais, an fharpais (f)
 Nollaig, an Nollaig (f)
 ròp, an ròp (m)
 Seasaidh
 Tha an t-acras gam tholladh
 Tha mi a' coimhead cho reamhar ri ròn!
 Tha mi air mo lathadh.
 Tha thu cho caol ri bior!
 an toiseach

competition, the competition
 Christmas
 rope, the rope
 Jessie
 I'm starving
 I look as fat as a seal!
 I'm frozen
 You're as thin as a rake!
 first of all



Sùil air ais 1 Tha i a' tighinn riut

- Coimhead air na suidhichean gu h-ìosal.
- Tagh abairt airson gach suidheachadh.
- Sgrìobh na h-abairtean ann an Gàidhlig agus Beurla.

What would you say in the following situations? Choose a suitable phrase from the box below. Write in Gaelic. Use the **Faclan is Abairtean** pages to help you too.

Abairtean

Tha mi an dòchas gun còrd e riut.

A bheil thu ag iarraidh fear?

Tha mi air mo lathadh!

Tha mi airson sreap-chreagan fheuchainn.

Tha mi airson feadhainn nas lugha fheuchainn.

Dùin do chab!

A bheil thu cinnteach?

Bhiodh seo a' tighinn riut.

Tha i a' tighinn riut.

Tha an t-acras gam tholladh!

1. Your friend is wearing a new dress. You want to tell her it suits her. What do you say?
2. You are making a sandwich for lunch. You ask your brother if he wants one. You ask:
3. You and your sister are arguing. You tell her to shut up. You say:
4. You're out for a walk on a very cold day and you have no jacket. You are freezing. You say:
5. You are giving your friend a makeover. You show her an outfit in a catalogue that you think would suit her. You say:
6. You missed breakfast and your tummy has been rumbling all morning. When lunchtime comes you are starving. You say:
7. You have bought your friend a birthday present. As you hand it to him/her you say you hope he/she likes it. You say:
8. Your friend offers to take you rock climbing. You've never been but you tell him you would like to try it. You say:
9. You are trying on some shoes in a shop. They are too big. Tell the assistant you would like to try some smaller ones. You say:
10. Your friend says he doesn't mind if you borrow his brand new bike. You want to find out if he is sure about this. You ask:



Sùil air ais 2 A bheil thu ag iarraidh fear?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 11)
- Tha na daoine a' bruidhinn air diofar rudan.
- A bheil iad a' bruidhinn air rud a tha boireann, fireann no iomarra?
- Lion an clàr.

Listen to these people. Are the things they are talking about masculine, feminine or plural? Copy and complete the table.

	Fireann/masculine	Boireann/feminine	Iomarra/plural
a.			
b.			
c.			
d.			
e.			
f.			
g.			



Sùil air ais 3 tè, fear no feadhainn?

- Leugh na seantansan.
- A bheil an t-ainmear boireann, fireann no iomarra?
- Cleachd faclair.
- Ath-sgrìobh na seantansan a' cleachdadh nam faclan fear, tè no feadhainn an àite ainmeir.

Read the sentences. Each one has a noun in it. Which word would you use to replace the nouns? Rewrite the sentences, replacing the noun in each sentence with **tè**, **fear** or **feadhainn**. Use a dictionary to help you.

1. Feuch an sgiorta seo ort!
2. A bheil thu ag iarraidh ubhal?
3. Tha càr dubh aig m'athair.
4. Tha peansail agam.
5. Chan eil bòtannan agam.
6. Is fheàrr leam an sgeulachd eile.
7. Cheannaich mi brògan àrda.
8. Chan eil mi ag iarraidh briosgaid.
9. Cuir còta ort! Tha i fuar a-muigh.
10. Is toigh leam cait dhubha.





Sùil air ais 4 Anns an ionad-bhùthan


- Tha daoine a' bruidhinn mu phrìsean rudan.
- Cuir prìs agus builgean-cainnt còmhla.

Match the speech bubbles with the correct price tags.

1.



2.



3.




4.



5.



6.



a.

Tha iad seachdad not
ach sgillinn am fear.

b.

Ceud not ach sgillinn?
Tha sin fada ro
dhaor!

c.

Not ach sgillinn?
Abair bargan!

d.

Chan eil i ach
còig notaichean
ach sgillinn.

e.

Deich notaichean
ach sgillinn, mas e
ur toil e.

f.

Bha e fichead not
ach sgillinn.



Sùil air ais 5 Prìsean

- Cuir Gàidhlig air na prìsean seo.

Write the Gaelic for these prices.

- £15.99
- £39.99
- £89.99
- £49.99
- £25.99

Sùil air ais 6 Cafaidh Catrìona

- Leugh an còmhradh.
- Tha Anna ann an Cafaidh Catrìona.
- Lìon na beàrnan.
- Leugh an còmhradh slàn còmhla ri caraaid.

Anna is in Catrìona's Café. Read the conversation. Fill the blanks with words from the box below. When you have finished, read your completed conversation with a partner.

cofaidh	mas e ur toil e	geal	dhut	reòiteag	fear
'S e do bheatha	tè	còig notaichean	ach sgillinn	math	

Neach-frithealaidh: Feasgar math! Fàilte gu Cafaidh Catrìona.

Anna: Feasgar _____.

Neach-frithealaidh: Dè nì mi _____?

Anna: Tha mi ag iarraidh _____.

Neach-frithealaidh: Fear dubh no fear _____?

Anna: _____ geal, mas e ur toil e.

Neach-frithealaidh: A bheil thu ag iarraidh càil eile?

Anna: Tha. Am faigh mi _____?

Neach-frithealaidh: Gheibh. Tè bheag no tè mhòr?

Anna: _____ bheag mas e ur toil e.

Neach-frithealaidh: Seo. Sin _____.

Anna: Tapadh leibh.

Neach frithealaidh: _____.

Anna: Mar sin leibh.



Cultar

Ri Aghaidh na Creig



Tha sreap-chreagan na chur-seachad **cumanta** air a' Ghàidhealtachd. Bidh **luchd-turais** a' tighinn don Ghàidhealtachd air saor-laithean a h-uile bliadhna airson **sreap nam beann** agus airson sreap-chreagan.

Bidh an t-Eilean Sgitheanach an-còmhnaidh trang le **luchd-sreap**. Tha tòrr àitichean math ann airson sreap agus coiseachd-monaidh.

Ach, **ged** a chì thu **seallaidhean** eireachdail, tha **feadhainn dhiubh** a tha uabhasach doirbh agus cunnartach a shreap.

A bheil fhios agad càit a bheil **An Cuiltheann** agus **Bodach an Stòrr**?

Tha thu ceart. Tha An Cuiltheann agus Bodach an Stòrr anns an Eilean Sgitheanach.

Tha **tubaistean** cumanta anns na beanntan agus bidh **luchd-teasargainn nam beann** an-còmhnaidh trang as t-samhradh anns an Eilean Sgitheanach agus air feadh Alba.

cumanta	popular, common
luchd-turais	tourists
sreap nam beann	mountaineering
luchd-sreap	climbers
ged	although
seallaidhean	views
feadhainn dhiubh	some of them
An Cuiltheann	The Cuillins
Bodach an Stòrr	Old man of Storr
tubaistean	accidents
luchd-teasargainn nam beann	mountain rescue team





Obair 1 Ri Aghaidh na Creig

- Èist ris an sgeulachd “Ri Aghaidh na Creig” le Maoilios Caimbeul. (Earrann 12)
- Leugh an sgeulachd cuideachd .
- ‘S dòcha nach tuig thu a h-uile facal – na gabh dragh!
- Bruidhinn mun sgeulachd ann am buidheann/mar chlas agus còmhla ris an tidsear. Cuidichidh an tidsear le faclan/abairtean ùra no ceistean sam bith a th’agaibh mun sgeulachd!
- Freagair na ceistean.

Listen to the story “**Ri Aghaidh na Creig**”. Read the story too. You might not understand every word – don’t worry! Discuss the story in your group/as a class. Your teacher will help you with any words/phrases/language that you are not familiar with! Answer the questions.



Ri Aghaidh na Creig

le Maoilios Caimbeul

Dhùin Micheal doras a’ BhMW le brag. Choimhead e air airson tiotan **le sùil choibhneil, ghràdhach**. Am peanta dubh, faileasach; na loidhnichean rèidh, clasaigeach. Bha e fortanach gu dearbh **gun robh leithid de chàr aige**, agus gun robh obair cho math aige mar mhanaidsear oifis ann an Glaschu a leigeadh dha leithid de chàr a cheannach. Saoil ciamar a bha a sheann charaid Seòras agus a bhean bhrèagha Anna? **Thug e sùil mun cuairt**. Bha Seòras na chroitear ged a bha e cuideachd ag obair anns a’ Chuan a Tuath anns na **raointean-ola**. Bha e air taigh brèagha ùr a thogail. Ri taobh an taighe **thug Micheal an aire** dha Volvo gorm.

Fhreagair Anna an doras.

“Mhìcheil!” Bha **gàirdeachas** na sùilean agus **thilg i a làmhan timcheall** air amhaich.

“Dè tha thusa a’ dèanamh san dùthaich?”

Choimhead e oirre. Bha i cho brèagha ‘s a bha i riamh le a falt bàn agus a sùilean tais gorm. Bha e **folaiseach** gun robh i cuideachd cho càirdeil ‘s a bha i riamh.



“Tha mi dìreach a-bhos airson latha no dhà. Thàinig mi a choimhead air mo sheann charaidean. A bheil Seòras a-staigh?”

Dìreach mar a thuirt e na facail **nochd e** ann an doras an t-seòmair-suidhe. **Duine fèitheach làidir**, gun a bhith ro mhòr. Thàinig e agus **thabhainn** e a làmh do Mhicheal.

“Uill, uill, h-abair **srainnsear**. **Cha robh dùil sam bith agam riutsa**. Ach tha e math d’fhaicinn. Thig a-staigh, thig a-staigh.”



le sùil choibhneil, ghràdhach
gun robh a leithid de chàr aige
Thug e sùil mun cuairt
na raointean-ola
thug Micheal an aire
gàirdeachas
thilg i a làmhan timcheall
follaiseach
nochd e
Duine fèitheach làidir
thabhainn
srainnsear
Cha robh dùil sam bith agam riutsa.

with a kindly, loving look
that he had such a car
He had a look round
the oilfields
Michael noticed
joy
she threw her arms around
obvious
he appeared
A strong, sinewy man
offered
a stranger
I didn't expect you.



Chaidh Mìcheal a-staigh. **Cha b'urrainn dha gun an aire a thoirt** dhan t-seòmar-suidhe brèagha – an suite beairteach uaine, na cùirtearan tiugha, uaine cuideachd, agus am brat-ùrlair. A h-uile nì **a' co-fhreagradh**, an dà chuid dathan is stoidhle. Seòras, duine fortanach **gun teagamh sam bith**. Agus a bhean, Anna an fhuilt bhàin, bha ise cuideachd a' co-fhreagradh. BMW nam boireannach, loidhnichean clasaigeach. Agus bha i cho **gasta, còir**. Ro chòir, **'s dòcha**.

"Uill, uill, cia mheud bliadhna a th' ann **on a bha thu seo?**" arsa Seòras.

"Tha mi creidsinn gu bheil trì."

"Cha robh sibh **pòsta** an uair sin."

"Cha robh," **dh'aontaich** Seòras, "ged a bha sinn air **gealladh-pòsaidh** a thoirt seachad."

"Tha sin ceart," arsa Mìcheal. Bha a làmh air gàirdean an t-sòfa a' faireachdainn an aodaich bhrèagha **mheileabhaid**. **Chuimhnich e** air **an trup mu dheireadh** a bha e a' coimhead orra. Bha Seòras air a thoirt air falbh dhan ospadal agus **chaidh fhàgail-san le cùram airson Anna**. **Dh'fhàs aodann dearg** a' cuimhneachadh air.

Dh'aithnicheadh e fhèin agus Seòras Anna on a bha iad òg san sgoil. **Bha gaol aig an dithis aca oirre** ach 's e Seòras a **roghnaich i** aig a' cheann thall. Ach an uair ud, nuair a bha Seòras anns an ospadal, bha e air **peacachadh** na aghaidh. Cha robh a **chogais** riamh air leigeil leis. A-nis bha e air tighinn air ais a **dh'iarraidh mathanas** air a sheann charaid.

Bha Seòras na sheasamh agus a dhruim ris an teine, a làmhan paisgte air a chùlaibh. Bha Anna na suidhe anns an t-sèithear ri thaobh, agus i a' fuaigheal. Dh'fhairich Mìcheal **an dlùths** a bha eadar an dithis. **Mar gum biodh** fios aca air smaointean a chèile. **Faireachdainn** bhlàth, chofhurtail. Bha e math a bhith ann. Ach bha rudeigin ann mu dheidhinn Sheòrais... An robh e cho càrdeil ris **'s a b' àbhaist dha a bhith?** Chuir e a' cheist às a cheann.

Cha b'urrainn dha gun an aire a thoirt
a' co-fhreagradh
gun teagamh sam bith
gasta
còir
's dòcha
on a bha thu seo
arsa
pòsta
dh'aontaich
gealladh-pòsaidh
mheileabhaid
Chuimhnich e
an trup mu dheireadh
chaidh fhàgail-san le cùram airson Anna
Dh'fhàs aodann dearg
Dh'aithnicheadh e fhèin agus Seòras Anna

He couldn't but notice
matching
without a doubt
splendid
kind
perhaps
since you were here
said
married
agreed
engagement
velvet
He remembered
the last time
he was left with responsibility for Anna
His face grew red
He and George both knew Anna

Bha gaol aig an dithis aca oirre
 roghnaich i
 peacachadh
 a chogais
 a dh'iarraidh mathanas
 an dlùths
 Mar gum biodh
 Faireachdainn
 's a b' àbhaist dha a bhith

They were both in love with her
 she chose
 sinned
 his conscience
 to seek forgiveness
 the closeness
 As though
 Feeling
 as he used to be



Dh'èirich Anna...

"**Bheil cuimhn' agad** nuair a bhiodh sinn a' sreap?" arsa Seòras. "Am bi thu ris fhathast?"

"S mi a bhitheas. Uill, bithidh nuair a gheibh mi an **cothrom**, 's chan eil sin tric."

"**Dè mu dheidhinn** a-màireach?"

"A-màireach!"

"Nach bi thu seo?"

"Bithidh, ach ... chan eil **an stuth agam** leam."

"**Na biodh dragh ort** mu sin.

Size ten nach e?"

Chaidh Seòras a-mach às an rùm agus thàinig e air ais le brògan brèagha ùra. Feadhainn aotrom airson sreap-chreagan.

"Seo. Feuch iad sin ort."

Ghabh Micheal na brògan agus dh'fheuch e iad. Bha iad dìreach ceart dha. 'S e brògan math sreap a bh'annta. Chaidh Seòras a-mach a-rithist agus thàinig e air ais le anarag, stocainnean tiugha agus briogais. Bha iad uile ùr.

"S toigh leam fear **spèar** dhen a h-uile càil a bhith agam," thuirt Seòras le **gàire**.

“Tha thu cho còir ‘s a bha thu riamh,” arsa Micheal. “Cha robh dùil sam bith agam ri seo.”

Thàinig Anna a-staigh le teatha. Bha iad **a’ crac airson greis** mu na seann làithean, mar a bhiodh iad a’ falbh còmhla airson oidhcheannan a’ sreap anns **a’ Chuiltheann** agus an **Earra-Ghàidheal**. Bha an triùir aca math air sreap. **An toiseach** bhiodh iad dìreach **a’ gabhail a’ cheum a b’ fhasa chun a’ mhullaich**, ach dh’fhàs iad sgìth dhe sin agus thòisich iad a’ sreap-chreagan – rud a bha **fada na bu chunnartaiche**.

Mar bu trice, **’s e Seòras a dheigheadh air thoiseach** leis an ròpa agus na geinnean, na pitons, agus leanadh Micheal agus Anna suas e.

“Càite ma-thà a-màireach?” arsa Micheal agus e **a’ dèanamh deiseil airson falbh**.

“**Bodach an Stòrr**,” arsa Seòras. Rinn Anna gàire.

“Bodach an Stòrr! **A’ spòrs a tha thu! Cò riamh a shreap** Bodach an Stòrr?”

“Sin dìreach carson a dh’fheumas sinn a shreap. Cha do shreap duine eile e **cho fad ‘s is fhios dhomh**.”

Bheil cuimhn’ agad
cothrom

Dè mu dheidhinn
an stuth agam

Na biodh dragh ort
spèar

gàire

a’ crac airson greis

a’ Chuiltheann

Earra-Ghàidheal

An toiseach

a’ gabhail a’ cheum a b’ fhasa chun a’ mhullaich

fada na bu chunnartaiche

’s e Seòras a dheigheadh air thoiseach

a’ dèanamh deiseil airson falbh

Bodach an Stòrr

A’ spòrs a tha thu! Cò riamh a shreap

cho fad ‘s is fhios dhomh

Do you remember
a chance

What about
my stuff

Don’t worry
spare

a laugh

talking for a while

The Cuillins

Argyll

At first

the easiest path to the summit

far more dangerous

George would go first

getting ready to go

Old Man of Storr

You’re joking! Who ever climbed

as far as I know

Cha b’ urrainn do Mhicheal **diùltadh**.

Bha inntinn Sheòrais air a

dèanamh suas. Dh’aontaich iad gun

coinnicheadh iad tràth anns

a’ mhadainn aig an Stòrr. Mar a bha

Micheal a’ dol chun a’ chàir chuimhnich

e air Anna agus chuimhnich e

cuideachd **nach d’ fhuair e cothrom**

bruidhinn ri Seòras **mun nì a bha**

dèanamh dragh dha. **’S dòcha nach**

robh còir aige guth a ràdh as dèidh a

h-uile càil. Nach robh an dithis aca cho

càirdeil ris ‘s a bha iad riamh? O uill,

chitheadh e a-màireach.



Anns a' mhadainn, b' e Mìcheal a bh' aig an Stòrr an toiseach. Bha e na shuidhe **air bruaich** ag ithe ceapaire agus e a' smaoinichadh air Anna. Cha robh e air **norrag cadail** fhaighinn a' smaoinichadh oirre. Bha e a' dèanamh dragh dha gun robh e cho **lag**. Cha robh e idir a' faireachdainn coltach ri sreap ach bha fhios aige gu feumadh e.

Thàinig Seòras. Bha e **leis fhèin** anns a' chàr. **Chuir seo iongnadh air**. Ach **ann an seagh** bha e a cheart cho toilichte. Cha bhiodh a cruth àlainn **ga bhuaireadh** agus **gheibheadh e cothrom** bruidhinn ri Seòras.

Thuirt esan, "Cha robh Anna **a' faireachdainn** ro mhath. Cha b' urrainn dhi tighinn. Chan e càil uabhasach a th' ann, dìreach fuachd."



diùltadh

Bha inntinn Sheòrais air a dèanamh suas.
nach d' fhuair e cothrom
mun nì a bha dèanamh dragh dha
'S dòcha nach robh còir aige guth a ràdh
air bruaich
norrag cadail
lag
leis fhèin
Chuir seo iongnadh air.
ann an seagh
ga bhuaireadh
gheibheadh e cothrom
a' faireachdainn

refuse

George's mind was made up.
that he didn't get a chance
about what was bothering him
Perhaps he shouldn't say anything
on a mound
a wink of sleep
weak
alone
This surprised him.
in a way
tempting him
he would get a chance
feeling

Thòisich iad a' coiseachd suas gu Bodach an Stòrr. Bha Seòras cho **bruidhneach** 's a chunnaic e riamh e. Bha seo **ga shàrachadh**. Carson nach sguireadh e a bhruidhinn? **Ma bha e a' dol a dh'iarraidh mathanas air, dh'fheumadh sàmhchair a bhith ann.** Bha e gu bhith doirbh **na briathran fhaighinn a-mach.**

Bha e **do-dhèanta** agus teanga a charaid a' dol gun sgur.

Thàinig iad gu **bonn na creige**. "Cò againn a tha a' dol air thoiseach?" dh'fhaighnich Seòras.

Rinn Mìcheal gàire. "Tha fhios agad cò bhios a' dol air thoiseach. Bha aon duine an-còmhnaidh a' dol air thoiseach. Thusa."

"Ceart ma-thà." Fhuair Seòras an ròpa deiseil. **Chuir e crios**



mu mheadhan agus **mu bhodhaig** agus thug e fear dha Micheal.

Bha geinnean agus làmhnan-sreap aige agus Karabiners airson an ròpa a cheangal ri crios na ri lùb ròpa.

Chòimhead Micheal suas air a' chreig **ag èirigh àrd os an cionn** mar thùr Gòtach. "A bheil thu cinnteach...?" thòisich e. Ach stad e. Bha Seòras a' coimhead cho cinnteach às fhèin, **cho suidhichte na bheachd**. Bha e air fàs sàmhach, **ga ullachadh fhèin** airson an t-sreap. Cha robh e idir **mar bu chuimhne le Micheal e**. **B' àbhaist dha a bhith** aotrom aighearach nuair a bhiodh iad a' sreap. Cha robh e a' còrdadh ris gun robh e cho sàmhach.

Thàinig **ìomhaigh Anna** fa chomhair inntinn. Dh'fheuch e **ri dubhadh às**. Ach chan fhalbhadh i. Thuirt e ris fhèin nach iarradh e mathanas an-dràsta co-dhiù. **Bhiodh tìde gu leòr ann** airson sin mus tilleadh e a Ghlaschu.

Thòisich Seòras a' dol suas. Bha an ròpa a' slaodadh ris sìos gu far an robh Micheal.

"**Thoir an aire ort fhèin,**" **dh'èigh** e suas thuige. Ach cha tuirt Seòras guth. Bha aire air a' chreig. 'S e sreapadair math a bh' ann. Cha robh teagamh sam bith air sin. Bha e **mar dhamhan-allaidh**, cho cinnteach. Thòisich Micheal **ga leantainn**. Bha e toilichte gun robh ròpa aige. '**S e amadain a bhiodh annta co-dhiù a dhol gun ròpa**. Stad Seòras air sgeilp **os a chionn**. Cha b'fhada gus an do ràinig e faisg air far an robh e.



bruidhneach

talkative

ga shàrachadh

tiring him

Ma bha e a' dol a dh'iarraidh mathanas air, dh'fheumadh sàmhchair a bhith ann.

If he was going to ask for forgiveness, it would have to be quiet.

na briathran fhaighinn a-mach

to get the words out

do-dhèanta

impossible

bonn na creige

the bottom of the rock

Chuir e crios mu mheadhan

He put a belt round his waist

mu bhodhaig

across his body

ag èirigh àrd os an cionn

rising high above them

cho suidhichte na bheachd

so set in his opinion

ga ullachadh fhèin

preparing himself

mar bu chuimhne le Micheal e

as Michael remembered him

B' àbhaist dha a bhith

He used to be

ìomhaigh Anna

Anna's image

ri dubhadh às

to block it out

Bhiodh tìde gu leòr ann

There would be plenty time

Thoir an aire ort fhèin

Take care

dh'èigh

shouted

mar dhamhan-allaidh

like a spider

ga leantainn

following him

'S e amadain a bhiodh annta co-dhiù a dhol gun ròpa.

They'd be idiots to go without a rope.

os a chionn

above him

“Dè tha ceàrr?” arsa Mìcheal. **Cha tuirt Seòras guth.**

“An e càil a tha ceàrr?” thuirt e a-rithist ann an guth na b’ àirde. Bha e **a’ faireachdainn a bhroilleach a’ fàs teann**. Cha robh e **nàdarrach** mar a bha Seòras air a dhol. Aon mhionad mar reacòrdair **aig an astar cheàrr**, an ath mhionad mar **linne-uisge** shàmhach, dhubh. “Tha mi ‘g iarraidh bruidhinn riut,” arsa Seòras **mu dheireadh**.

“Uill, ‘s mi tha toilichte sin a chluinntinn. Carson a stad thu? A bheil thu **a’ tilleadh**?”

“Tha mi ag iarraidh bruidhinn riut,” thuirt Seòras a-rithist.

Bha rudeigin na ghuth a chuir gaoir beag tro fheòil Mhicheil. Choimhead e suas a-rithist. Bha sùilean Sheòrais **cruaidh**. Na bu chruaidhe na chunnaic e riamh iad.

“Thug mi an seo thu airson aon adhbhar. Tha mi a’ dol **ga do mharbhadh**.”

Dh’fhairich Mìcheal a stamag a’ dol **neònach**.

Cha mhòr nach do thuit e. An dàrna cuid bha Seòras **air a dhol às a rian** no bha fios aige.

Bha fios aige gun robh gaol aige air Anna. Bha fios aige dè thachair o chionn trì bliadhna nuair a bha e san ospadal.

“**Tha thu às do chiall**,” thuirt e. “Carson a mharbhadh tu mi?”

Thug Seòras **sgian** às a phòcaid.

“Dè tha thu a’ dèanamh?” **ghlaodh e**.

“Tha mi a’ dol ga do mharbhadh. **‘S math a tha fios agad carson**.”

“Son gu bheil gaol agam air Anna?”

“Chan ann,” arsa Seòras agus e **a’ fosgladh a sgine**, “ach airson an rud a rinn thu nuair a bha mise san ospadal.”

Cha tuirt Seòras guth.

a’ faireachdainn a bhroilleach a’ fàs teann.

nàdarrach

aig an astar cheàrr

linne-uisge

mu dheireadh

a’ tilleadh

Bha rudeigin na ghuth a chuir gaoir beag tro fheòil Mhicheil.

cruaidh

ga do mharbhadh

Dh’fhairich

neònach.

Cha mhòr nach do thuit e.

An dàrna cuid

air a dhol às a rian

Bha fios aige

Tha thu às do chiall

sgian

ghlaodh e

‘S math a tha fios agad carson

a’ fosgladh a sgine

George didn’t say a word.

feeling his chest getting tight

natural

at the wrong speed

pool of water

at last

returning

There was something in his voice which sent a shiver through Michael.

hard

to kill you

felt

strange

He almost fell.

Either

had gone mad

he knew

You’re crazy

a knife

he shouted

You know fine well why

opening his knife

Bha fhios aige. Dh'fhairich Micheal **dubh eagal** airson **a' chiad uair na bheatha**. Bha fhios aige gun robh iad co-dhiù **air dìreadh dà cheud troigh**. Bha e **reòthte** ris a' chreig. Nan tuiteadh e, bhiodh e **cho marbh ri sgadan**. Bha a bheul tioram.

"Thàinig mi dh'iarraidh mathanas." Bha a ghuth neònach. Bha e fhèin ga chluinntinn mar ghuth neònach. Guth fada air falbh.

"Mathanas. Nach eil thu beagan fadalach?" thuirt Seòras anns an aon ghuth chruaidh. Bha e **os a chionn** agus bha a' ghrian **air a chùlaibh**.

Na shuidhe **mar gum biodh** e air cathair àrd **a' toirt breith**. **Mar dhia** deàlrach. Dh'fhairich e am **fallas a' sruthadh sìos** achlaisean, ga dhiogladh.

"Bidh fhios aca," thuirt e ann an **guth teann**, **"ma ghearras tu an ròpa."**



dubh eagal
a' chiad uair na bheatha
air dìreadh dà cheud troigh
reòthte
cho marbh ri sgadan
Thàinig mi dh'iarraidh mathanas.
os a chionn
air a chùlaibh
mar gum biodh
a' toirt breith
Mar dhia
fallas a' sruthadh sìos
guth teann
ma ghearras tu

terribly afraid
the first time in his life
had climbed two hundred feet
frozen
as dead as a dodo (literally herring)
I came to ask for forgiveness.
above him
behind him
as though (he) were
passing judgement
Like a god
sweat pouring down
a tight voice
if you cut

“Cha bhi ma nì mi mar seo e,” agus thòisich e **a’ sgrìobadh an ròpa**, fuiltean an dèidh fuiltein, dìreach mar gum biodh **a’ chreag air a ghearradh mean air mhean**.

Bha e na shuidh’ air an sgeilp agus
a’ lùbadh sìos.

“Cha do rinn mi càil ceàrr,” arsa Micheal **na èiginn**. “Bha gaol agam oirre. **Nach toir thu mathanas dhomh?**”

Bha fhios aige nach robh feum dha a bhith bruidhinn. **Aon uair ’s gun cuireadh Seòras roimhe rud a dhèanamh** cha robh nì **air thalamh no an nèamh** a dh’atharraicheadh inntinn. Sin an seòrsa duine a bh’ ann. Bha gaol uabhasach, **diorrasach** aige air Anna.

Bha an ròpa gu bhith briste. **Ghreimich** e le a dhà làimh air dà **sgàineadh** chaol. Cha robh mòran grèim aig a chasan. **Gun an ròpa cha mhaireadh e ro fhada**.




a’ sgrìobadh an ròpa
a’ chreag air a ghearradh mean air mhean
na èiginn
Nach toir thu mathanas dhomh?
Aon uair ’s gun cuireadh Seòras roimhe
rud a dhèanamh
air thalamh no an nèamh
diorrasach
Ghreimich
sgàineadh
Gun an ròpa cha mhaireadh e ro fhada.

scratching the rope
the rock had cut it gradually
in desperation
Will you forgive me?
Once George decided to do something
on earth or in heaven
fierce
Latched on to
a crack
Without the rope he wouldn't last long.

Gun **rabhadh** thuit e sìos sia **òirlich**. Le **oidhirp eagalach** ghreimich e air **oir bheag** le a dhà làimh. Chuala e an **sgiamh** a b' uabhasaiche a' dol seachad air. Dh'fhairich e **tarraing aithghearr** air an ròpa a bha mu mheadhan. Chuala e fuaim shìos fodha, **bodhaig a' bualadh** creig. Fhuair a chasan grèim a-rithist air na sgàinidhean far an robh iad roimhe. Le oidhirp shònraichte **tharraing e e fhèin** suas chun na sgeilp **far an robh Seòras air a bhith mòmaid roimhe sin**.

Laigh e **air a mhionach** air an sgeilp agus choimhead e sìos. Bha Seòras na laighe **gun ghluasad** aig **bonn na creige**, agus **abhainn fala** a' tòiseachadh a' tighinn bho bheul. **Ghuil e** agus ghuil e mar gum b' e leanabh beag a bh' ann, mar gum biodh a mhionach a' tighinn a-mach air a bheul.



rabhadh	warning
òirlich	inches
oidhirp eagalach	a huge effort
oir bheag	a small edge
sgiamh	a shriek
tarraing aithghearr	a sudden pull
bodhaig a' bualadh	a body hitting
tharraing e e fhèin	he pulled himself
far an robh Seòras air a bhith mòmaid roimhe sin	where George had been a moment before
air a mhionach	on his belly
gun ghluasad	without moving
bonn na creige	the bottom of the rock
abhainn fala	a stream of blood
Ghuil e	He wept



Obair 2 Bruidhinn

- Bruidhinn mun sgeulachd ann am buidheann/mar chlas.
- Smaoinich air na puingean a leanas.

Discuss the story in your group/as a class. Use the following questions as a guide to your discussion.



Dè thachair anns an sgeulachd?

What happened in the story?



An do chòrd i riut? Carson?

Did you enjoy it? Why?



An do chuir an deireadh iongnadh ort? Carson?

Did the ending surprise you? Why?

Obair 3 Bruidhinn no Sgrìobh

- Freagair na ceistean.
- Sgrìobh do fhreagairtean no bruidhinn ri caraid.

Answer the questions. You may write your answers or discuss them with a partner.

1. What do you know about each of the three characters? Give as much information as you can.
2. Were you surprised when Seòras told Michael he intended to kill him?
3. Do you think that Seòras had been planning this for a long time? Explain your answer.
4. Do you think that Anna is safe? Give a reason for your answer.
5. Do you think that Micheal deserved what Seòras had planned?
6. What would you have done if you were:
 - a) Seòras
 - b) Micheal
7. If there were a follow up to the story, what do you think would happen next? Can you write a storyboard for the next scene(s)? Try to write as much of it as you can in Gaelic.

A-mach gu biadh

Cànan:

Nationalities: biadh Sìonach,
biadh Innseanach, biadh
Eadailteach...

Linking sentences with

connectors: gum bi, nach eil,
gun còrd, gur e...

Compound prepositions with

pronouns: air mo bheulaibh,
mu a coinneimh...

Anns an aonad seo bidh
thu a' cleachdadh cànan
mu bhiadh agus mu bhith
a' dol a-mach gu biadh.

Cuideachd, bidh thu
a' toirt sùil air ais air
ainmean dhùthchannan.



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Coimhead



Bruidhinn



Sgrìobh

1. Sùil air ais Biadh is deoch

- Obraich ann am buidheann beag.
- Dè na faclan is abairtean a tha agad airson biadh is deoch mar-thà?
- Dèan craobh-cuimhne anns a' bhuidheann agad.
- Nuair a tha sibh deiseil, cuiridh an tidsear beachdan a' chlas air a' bhòrd-gheal.

Which food & drink words and phrases have you learned already that will be useful to you for these topics? Make a tree diagram with everyone's suggestions. This will help you make a better start to this unit. When you have finished, your teacher will write everyone's ideas on the whiteboard.











2. Is toigh leam biadh Sìonach

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 1)
- Coimhead air na dealbhan.
- Dè am biadh as toigh leotha?

Listen to these people and look at the pictures. What kinds of food do they like?





3. Tha biadh Spàinnteach a' còrdadh rium

- Cluichidh an clas geamannan èisteachd còmhla.
- Ionnsaichibh na faclan ùra còmhla.
- Innsidh an tidsear dè th'aig a' chlas ri dhèanamh.

Your class will play some listening games together. This will help you learn the new words. Your teacher will tell you what you have to do.

4. Cha toigh leam Chop Suey

- Obraich còmhla ri caraid.
- Cluich geamannan airson na faclan ùra ionnsachadh.
- Gheibh sibh stiùiridhean bhon tidsear.

Work with a partner. Play some games together to practise the new words. Your teacher will suggest some games.





5. Tha sinn a' dol gu taigh-bìdh Innseanach

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Coimhead air na dealbhan.
- Tha na daoine seo a' dol a-mach gu biadh a-nochd.
- Tha iad ag innse càit a bheil iad a' dol.
- Dè an seòrsa bìdh a gheibh iad ann?
- Maids na daoine ris a' bhiadh cheart.

These people are all talking about where they are going for dinner tonight. What kind of restaurant will they choose? Read the speech bubbles and look at the pictures of kinds of food. Match each speech bubble with the correct picture.

a.




b.




c.



d.




e.



f.



g.



h.



i.



1. Tha sinne a' dol gu Luigi's. 'S e taigh-bidh Eadailteach a th' ann. Is toigh leam piotsa.

2. Tha mise agus mo charaidean a' dol gu taigh-bidh Greugach a-nochd. Tha mo cho-là-breith ann an-diugh.

3. Tha sinne a' dol gu Pierre's. 'S e taigh-bidh Frangach a th' ann.

4. Tha mise agus mo mhàthair a' dol gu taigh-bidh Gearmailteach a-nochd.

5. Tha sinne a' dol gu taigh-bidh Iapanach a-nochd. Bidh e math. Tha mise airson sushi fheuchainn.

6. Tha sinne a' dol gu Cafaidh Khan a-nochd. 'S e taigh-bidh Innseanach a th' ann. Bidh sinn a' dol ann a h-uile Disathairne. Tha an coiridh math dha-rìribh. Bidh mi chò làn ri cnò!

7. Tha sinn an dùil a dhol gu Cafaidh Carlos a-nochd. 'S e cafaidh Spàinnteach a th' ann. Is toigh leam tapas.

8. Thèid sinne gu taigh-bidh Sionach a-nochd. Is toigh leam coiridh Sionach! Tha an t-acras gam tholladh!

9. Tha sinne an dùil a dhol gu taigh-bidh ùr, Albannach a-nochd. 'S e Biadh Math an t-ainm a th' air.



6. Air feadh an t-saoghail

- Sgrìobh na faclan ùra nad leabhar sgrìobhaidh.
- Sgrìobh a' Bheurla airson gach facal.

Copy the new vocabulary. Write the English too. If you have time, you may want to find pictures of each kind of food to stick in your jotter.



Sionach




Eadailteach



Innseanach




Greugach



Albannach



Spàinnteach



Iapanach



Frangach



Gearmailteach



7a. An tèid sinn a-mach gu biadh?

- Èist ri Daibhidh a' bruidhinn ri a bhanacharaid, Angela. (Earrann 2)
- Tha iad a' dol a-mach gu biadh a-nochd.
- Dè na seòrsachan bìdh a tha iad a' bruidhinn mu dheidhinn?
- Dè am biadh a thagh iad?
- Copaig agus lìon an clàr.

Listen to David and Angela. They are discussing where to go for dinner tonight.

Listen for the kinds of foods they are discussing. Tick the foods mentioned in the conversation. One has been done for you. What kind of food do they decide to go out for in the end?

Chinese		Scottish	
Italian		Spanish	
Indian	✓	German	
Greek		French	
Japanese			
David and Angela decide to go out for _____ food tonight.			



7b. Thèid sinn gu Marco's

- Èist ri Daibhidh agus Angela a-rithist. (Earrann 2)
- Freagair na ceistean.

Listen to Angela and David again. Complete the sentences.

- The new restaurant has opened on _____ Street.
- Angela doesn't think Scottish food is very _____.
- David says eating with chopsticks is _____.
- Angela likes _____ and _____.
- Marco's serves the _____ pizza in town.
- They will go for dinner at _____ o'clock.



8. A bheil thu airson biadh Iapanach fheuchainn?

- Coimhead air na dealbhan ann an Eacarsaich 6 a-rithist.
- Dè do bheachd air gach seòrsa bidh?
- Sgrìobh do bheachd ann an Gàidhlig.

Look at the pictures of the foods from different countries in Exercise 6. What's your opinion on each of them? Write a comment for each type of food. Here are some examples of the kinds of things you might say:

Mo bheachdan

Is fìor thoigh leam biadh Spàinnteach.

I really like Spanish food.


Tha mi airson biadh Iapanach fheuchainn.

I would like to try Japanese food.

Cha toigh leam biadh Innseanach idir.

Tha e fada ro theth.

I don't like Indian food at all. It's far too hot.



9. Tha mise ag iarraidh biadh Albannach

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tha thu fhèin agus do charaid a' dol a-mach gu biadh a-nochd.
- Càit an tèid sibh?
- Dè am biadh as toigh/nach toigh leibh?
- Dèan còmhraidh.
- Airson cuideachadh, èist ri Angela agus Daibhidh a-rithist. (Earrann 2)

Work with a partner. You are going out for a meal tonight. Where will you go? What kind of food would you like/not like? Discuss with your partner where you will go. Listen to Angela and Daibhidh again in **Earrann 2**. This will help you with your conversation.

Tha mise airson a dhol gu taigh-bidh Frangach.

Euch! Cha toigh leam biadh Frangach. Tha mise ag iarraidh biadh Sìonach.



Is toigh leam biadh Albannach

You learned the Gaelic for lots of different countries in **Ceumannan 3 Modal 2, Aonad 1**.

A bheil cuimhn' agad? Thoir sùil air ais.

In this unit, you will be using the words for **nationalities** to talk about the food from particular countries.

You will notice that the words for nationalities are very similar to the names of countries.

Do you notice a pattern?

Mar eisimpleir:

An Spàinn	Spain	Spàinnteach	Spanish
Alba	Scotland	Albannach	Scottish
An Eadailt	Italy	Eadailteach	Italian
A' Ghrèig	Greece	Greugach	Greek
Sasainn	England	Sasannach	English
A' Ghearmailt	Germany	Gearmailteach	German

You can also use the words on the right to say what nationality a person is.

Mar eisimpleir:

Albannach	Scottish/a Scots person
Eadailteach	Italian/an Italian person
'S e Albannach a th' annam.	I'm Scottish.
'S e Eadailteach a th' ann.	He's Italian.

Unlike English, in Gaelic the words for nationalities should not be confused with words for the languages of these countries.

Mar eisimpleir: Sasannach	English (an English person)
Beurla	English (the English language)

For more on countries, nationalities and languages see **Ceumannan cànan p410-412**.

Is mise Aonghas.
'S e Albannach a
th' annam.

Is mise Pàdraig.
'S e Èireannach a
th' annam.





10. Am biadh as fheàrr sa bhaile!

- Leugh mu na taighean-bidh.
- Tagh an taigh-bìdh as fheàrr leat.
- Freagair na ceistean air an taigh-bìdh as fheàrr leat.

Read the restaurant adverts below. Which one would you prefer to go to? Answer the questions on your chosen restaurant (the questions are suitable for both adverts).

Biadh na Mara

An t-iasg as fheàrr sa bhaile!

- Ma tha thu measail air iasg, thig gu Biadh na Mara.
- Biadh math Albannach ri taobh na mara.
- Iasg de gach seòrsa a h-uile latha.
- 20 Sràid a' Chidhe, An t-Òban
- Fosgailte bho 11m gu 11f a h-uile latha.

Diathad bho £3.50

Dinnear bho £7.95



Cafaidh Kostas

An sailead Greugach as fheàrr ann an Alba!

- Thig gu Cafaidh Kostas airson biadh blasta Greugach.
- Cafaidh ùr Greugach ann am meadhan Inbhir Nis.
- Kebabs, Saileadan, cofaidh Greugach agus tòrr eile.
- 15 Sràid a' Chaisteil, Inbhir Nis
- Fosgailte bho 10m gu 11.30f

Diluain – Disathairne

Biadh sgoinneil aig prìs mhath



Ceistean

1. What is the name of the restaurant?
2. What claim is made in the first line of the advert?
3. What nationality is the food served here?
4. What is the address and location of the restaurant?
5. What are the restaurant's opening hours?
6. What information is given about prices?
7. Give some details about the food served.

de gach seòrsa — of every/each kind



11. An taigh-bìdh as fheàrr leam

- Sgrìobh sanas no dèan postair airson an taigh-bìdh no an cafaidh as fheàrr leat.
- Faodaidh am fiosrachadh a bhith fìor no faodaidh tu a dhèanamh suas.
- Airson cuideachadh, coimhead air na sanasan ann an eacarsaich 10.

Write an advert or make a poster for your favourite restaurant or cafe. You may advertise a real place or a made up one. Look again at the adverts in Exercise 10 to help you.



12. Bòrd airson deichnear

- Èist ris na daoine seo (a-f). (Earrann 3)
- Tha iad ag iarraidh bòrd ann an taigh-bìdh.
- Cia mheud a bhios aig gach bòrd?
- Airson fios mu àireamhan dhaoine, coimhead air ais air Modal 1 Aonad 1.

Listen to these people (a-f) asking for a table in a restaurant. How many people will be at each table? You learned the words used for numbers of people in **Modal 1 Aonad 1**. Look back over these first if you need to.



13. Taigh-bìdh Kostas

- Tha taigh-bìdh aig Kostas. (Earrann 4)
- Tha daoine a' fònadh airson bòrd a chur air dòigh.
- Sgrìobh am fiosrachadh anns a' chlàr.

People are phoning Taigh-bìdh Kostas to book tables. Listen to the conversations. Copy and complete the table with the information.

	day	number of people	time	name
a.	tonight			
b.			6:30pm	
c.				
d.				Karen Robertson



14. Bòrd airson dithis

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Tha thu a' fònadh gu taigh-bìdh ag iarraidh bòrd.
- Tha do charaid ag obair san taigh-bìdh.
- Èist ri Earrann 4 a-rithist airson cuideachadh.
- Cleachd na faclan feumail.
- Gabhaibh turas mu seach.

Work with a partner. One of you will play the part of the restaurant owner and the other will be the customer. The customer should phone the restaurant to book a table. Listen again to Earrann 4 and use the Faclan feumail to help you. Take turn about at being the restaurant owner and the customer. Make sure you give/find out the following information:

- ◆ Day and time of reservation.
- ◆ Number of people.
- ◆ Name of person making the booking.

Faclan feumail

Dè nì mi dhuibh?

Tha mi ag iarraidh bòrd airson...

dithis/triùir/ceathrar/còignear

Am faod mi bòrd airson ... fhaighinn?

Faodaidh

Am faigh mi bòrd airson...?

Gheibh/Chan fhaigh

Cuin?

Dè an uair?

mas e ur toil e

'S e ur beatha

Chì sinn an uair sin sibh.

What can I do for you?

I want a table for...

three/four/five (people)

May I get a table for...?

Yes, you may

Can I get a table for...?

Yes, you can get that/no, you can't get that

When?

What time?

please

You're welcome


We will see you then.



15. Tha an tidsear mu mo choinneimh

- Èist ri Anna. (Earrann 5)
- Tha i ag innse càit a bheil a caraidean agus a tidsear a' suidhe sa chlas aice.
- Coimhead air an dealbh a tha a' sealltainn far a bheil daoine nan suidhe.

Listen to Anna explaining where her teacher and her classmates sit in relation to her in the classroom. Look at the diagram which shows where everyone sits.



16. Cò tha air do chùlaibh?

- Coimhead timcheall ort sa chlas.
- Càit a bheil daoine eile a' suidhe an taca riut fhèin?
- Cuir crìoch air na seantansan le ainmean.

Look around your classroom. Where are people sitting in relation to you? Copy and complete the sentences with names of people from your own class.

Tha _____ ri mo thaobh.	➔	_____ is beside me.
Tha _____ air mo bheulaibh.	➔	_____ is in front of me.
Tha _____ air mo chùlaibh.	➔	_____ is behind me
Tha _____ mu mo choinneimh.	➔	_____ is opposite/facing me



17. Tha an cafaidh air do bheulaibh

- Èist ris na stiùiridhean. (Earrann 6)
- Càit a bheil na rudan?
- Leugh na seantansan.
- Cuir na faclan anns na beàrnan.

Listen to the directions. People are being told where things are in town. Read the sentences and choose the correct words from the box to fill the blanks. You may use some of the words more than once.

behind	beside	opposite
in front of	Greek	Indian
Chinese	French	Italian

- When you come out of the station, the _____ cafe is _____ you.
- If you go down Hill Road, you will see the _____ restaurant _____ you.
- When you come out of Pier Road, the _____ restaurant is _____ you.
- The _____ restaurant is _____ you. Look!
- If you go down this road, you will see a _____ restaurant on your left. I think the cinema is _____ it.



ceum cànan: language step

Tha Anna air mo bheulaibh

You learned to talk about where things are situated in **Ceumannan 3 Modal 3 Aonad 1**.

The words you used are called compound prepositions. **A bheil cuimhn' agad?**

Mar eisimpleir:

Tha am bòrd ri taobh na leapa.

The table is beside the bed.

Tha an leabaidh air beulaibh na h-uinneige.

The bed is in front of the window.

A bheil sgàthan air cùl an dorais?

Is there a mirror behind the door?

If you want to describe where something or someone is in relation to you or someone else, you add the word **mo** (my), **do** (your) or **a** (his/her) ... to the middle of the compound preposition. But, remember that **mo**, **do** and **a** can cause lenition (the adding of a letter 'h') in the word that comes after them.

Mar eisimpleir:

air beulaibh in front of

air mo bheulaibh in front of me

mu choinneimh opposite

mu mo choinneimh opposite me

ri taobh beside

ri do thaobh beside you

air cùl(aibh) behind

air a chùlaibh behind him/it

Remember that the word **a** (her) does not cause lenition.

Mar eisimpleir:

air a beulaibh in front of her/it

ri a taobh beside her/it



18. A bheil lain air do bheulaibh?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead timcheall a' chlas.
- Càit a bheil sgoilearan eile nan suidhe?
- Coimhead air na ceistean sa bhogsa airson cuideachadh.

Work with a partner. Ask each other questions about where people are sitting in the class, in relation to you and others. Use the **Abairtean feumail** box below to help you with questions and answers.

Abairtean feumail


A bheil Seumas...?	Is James...?	air mo/do chùlaibh	behind me/you
Tha/chan eil Seumas...	James is/is not...	ri mo/do thaobh	beside me/you
Cò tha...?	Who is...?	mu mo/do choinneimh	opposite me/you
air mo/do bheulaibh	in front of me/you		




19. Suidhidh d' athair mu mo choinneimh

- Tha an teaghlach aig Ailean a' tighinn gu biadh.
- Feumaidh Ailean na h-ainmean a chur air a' bhòrd.
- Leugh am fiosrachadh a sgrìobh a mhàthair dha.
- Cuir na h-ainmean san àite cheart timcheall a' bhùird.

Ailean's mum Sine is planning a family dinner. She has had to go out and has left a note for Alan asking him to set the table with name cards. Read her instructions and put the people's names at the correct places round the table.



Ailein,
Tha mi shìos aig a' bhùth. Bidh còignear a' tighinn gu biadh a-nochd.
An cuir thu na h-ainmean air a' bhòrd?
Suidhidh d' athair mu mo choinneimh.
Suidhidh thusa ri mo thaobh agus bidh Granaidh mu do choinneimh.
Suidhidh Antaidh Màiri ri do thaobh agus bidh Seanair mu a choinneimh.
Suidhidh Uncail Iain ri taobh d' Antaidh Màiri agus bidh Antaidh Catriona mu a choinneimh.
Tapadh leat, a ghràidh. Bidh mi air ais ann an uair a thìde.
Gaoil, Mam x



ceum cànan: language step

Tha mi an dòchas gun còrd am biadh ribh.

You have already learned a couple of phrases that use the word 'that' to link two sentences.

A bheil cuimhn' agad?

Coimhead air ais air Modal 1 Aonad 2.

Mar eisimpleir:

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil Fiosaigs doirbh.

I think (that) Physics is difficult.

Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil Bith-eòlas inntinneach.

I don't think (that) Biology is interesting.

The word 'that' is called a connector because it connects sentences together.

There are quite a few different words for 'that' in Gaelic.

Mar eisimpleir:

gun robh

gum bi

gur e

nach eil

Here are some examples of phrases with connectors in them:

Chuala mi gun robh an cafaidh Frangach uabhasach math.

I heard (that) the French cafe was really good.

Tha mi an dòchas gun còrd am biadh ribh.

I hope (that) you enjoy your meal.

Thuit e gun do chòrd am biadh ris.

He said (that) he enjoyed the food.

'S dòcha gum bi an taigh-bìdh Innseanach math.

It's possible (that) the Indian restaurant will be good.

Tha fios agam gur e taigh-bìdh math a th' ann.

I know (that) it's a good restaurant.

Thuit i gur toigh leatha glasraich.

She said (that) she likes vegetables.

A bheil thu cinnteach nach eil an t-acras ort?

Are you sure (that) you are not hungry?

For more explanation and work on connectors, see **Ceumannan cànan** p412-417.



20a. Tha mi an dòchas gum bi am biadh blasta

- Èist ris na daoine. (Earrann 7)
- Tha iad a' bruidhinn air na beachdan aca.

Listen to these people. They are giving their opinions. Listen for connectors being used to link parts of sentences.



20b. Tha mi an dòchas gum bi am piotsa math

- Èist ris na daoine. (Earrann 8)
- Dè tha iad ag ràdh?
- Cuir na seantansan còmhla.

Listen to these examples of people using connectors. Match the sentences with each other.

- | | |
|--------------------------------------|---|
| a. Finlay said that... | 1. the Spanish restaurant is horrible. |
| b. Katie is sure that... | 2. the Scottish restaurant will be too busy. |
| c. Shona thinks that... | 3. Donald and Catherine are going out for a meal tonight. |
| d. Helen hopes that... | 4. the Greek restaurant is the best place in town. |
| e. Andrew heard that... | 5. the Japanese restaurant was really good. |
| f. Duncan says it's possible that... | 6. the pizza will be good. |





21a. Is toigh leam biadh fallain

- Tha an ceathramh bliadhna a' bruidhinn mu bhiadh agus slàinte.
- Dè na beachdan a th' aca?
- Leugh am fiosrachadh ann am buidheann.
- Bruidhinn mun fhiosrachadh.
- Cuidichidh am bogsa Faclan ùra thu.

The fourth year pupils are discussing food and health. In a group, read what each person says. Discuss the information with your group. The **Faclan ùra** box should help you.

Chan eil mi measail air biadh Innseanach. Tha e ro theth agus chuala mi nach eil e uabhasach fallain co-dhiù. Tha mi a' smaoineachadh gur e biadh Albannach am biadh as fheàrr leam. 'S fìor thoigh leam mions agus buntàta.

Ailios




Seòras

Cha toigh leam biadh fallain. Tha fios agam gu bheil e math dhut, ach chan eil e inntinneach. Tha mi uabhasach measail air brisgeanan agus is beag orm glasraich.

Charlotte

Cha bhi mi ag ithe feòil dhearg idir. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil i math dhut. Tha mi gu math measail air saileadan, glasraich agus iasg.



Daibhidh



Cha bhi mi a' cur salann air mo bhiadh. Tha dotairean ag ràdh nach eil cus salainn math dhut. Bidh mi ag ithe biadh de gach seòrsa. Chan eil càil nach toigh leam.

Fionnlagh

Bidh mi ag ithe cus rudan milis. Is fìor thoigh leam seòclaid, briosgaidhean agus reòiteag Eadailteach. Tha fios agam gu bheil iad sin dona dhut, ach is toigh leam iad agus co-dhiù. Bidh mi a' dèanamh eacarsaich gu leòr.



Dan

Is toigh leam biadh fallain. Bidh mi ag ithe measan agus glasraich agus bidh mi a' dèanamh eacarsaich a h-uile seachdain. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi fallain gu leòr.



Rania

Chan eil mi ro mheasail air glasraich, ach ithidh mi measan gu leòr. Is toigh leam biadh a tha mì-fhallain uaireannan, ach mar as trice, gabhaidh mi biadh fallain.



Peigi

Cha toigh leam rudan milis. 'S fheàrr leam rudan saillte. Tha fios agam gu bheil brisgeanan agus sliseagan mì-fhallain ach tha iad uabhasach blasta!



Faclan ùra

saillte	salty	fallain	healthy
milis	sweet	mì-fhallain	unhealthy
teth	hot/spicy	math dhut	good for you
measan	fruit	dona dhut	bad for you
glasraich	vegetables	cus salainn	too much salt
eacarsaich	exercise	brisgeanan	crisps



21b. 'S fheàrr leam rudan saillte

- Leugh am fiosrachadh ann an Eacarsaich 21a a-rithist.
- Freagair na ceistean air ceathrar de na deugairean.

Read the information in Exercise 21a again. Choose four of the people from the exercise and answer the questions relating to them.



Alice

- What kind of food is Alice not keen on?
- What reasons does she give?
- What is her favourite kind of food?
- What dish does she really like?



George

- What kind of food does George not like?
- What reason does he give?
- What does he say about vegetables?



Charlotte

- What does Charlotte not eat?
- Why?
- Name two foods she is keen on.



David

- How does David try to be health conscious?
- According to David, what do doctors say?
- Do you think David has a varied diet? Give a reason for your answer.



Finlay

- a) Name two foods Finlay really likes.
- b) How does he justify his high sugar diet?



Dan

- a) What foods does Dan eat regularly?
- b) How often does he exercise?
- c) What does Dan think of his own lifestyle?



Rania

- a) What does Rania eat regularly?
- b) What is she not so keen on?
- c) What kind of food does she eat most often?



Peggy

- a) What does Peggy prefer?
- b) What does she say about crisps and chips?



22. A bheil thu fallain?

- A bheil thu a'smaoineachadh gu bheil thu fallain?
- Am bi thu ag ithe biadh a tha math dhut?
- Am bi thu a'dèanamh eacarsaich gu leòr?
- Bruidhinn ri do charaid mu bhiadh agus mun dòigh-beatha agad fhèin.
no
- Sgrìobh beagan sheantansan mu bhiadh agus mun dòigh-beatha agad fhèin.
- Coimhead air ais air Eacarsaich 21a a-rithist airson cuideachadh.

What is your own lifestyle like? Do you think you lead a healthy lifestyle and have a good diet? Discuss this with your partner or write a few sentences about your own lifestyle choices and about the foods you like and dislike. Look back at the information in **Exercise 21a** to help you.





23. Cho Marbh ri Sgadan!

- Coimhead air an dealbh-chluich. (Earrann Bhidio 1)
- Tha Daibhidh agus Màiri Louise a-muigh air a' chiad deit aca.
no
- Leugh an còmhradh.
- Saoil an tèid iad a-mach còmhla a-rithist?

Watch or read the play. Daibhidh and Màiri Louise are out for dinner on their first date. Do you think they will be seeing each other again?

Faclan ùra

Ò mo chreach!

Oh my goodness!

Cho marbh ri sgadan

As dead as a herring

Am fàileadh!

The smell!

sgian

knife

Cho Marbh ri Sgadan!

Daibhidh: Bòrd airson dithis mas e ur toil e.

Tha an neach-frithealaidh a' toirt bòrd dhaibh. Nuair a tha iad a' suidhe aig a' bhòrd, tha an neach-frithealaidh a' toirt cairt-bidh dhaibh. (The waiter shows them to their table and gives them a menu.)



Daibhidh: Am faod sinn deoch fhaighinn fhad's a tha sinn a'feitheamh?

Neach-frithealaidh: Faodaidh gu dearbh. Dè ghabhas sibh?

Daibhidh: A Mhàiri Louise?

Màiri Louise: Gabhaidh mi fion geal, mas e ur toil e.

Daibhidh: Gabhaidh mise leann, tapadh leibh.

Neach-frithealaidh: Glè mhath. Dà mhionaid.

Daibhidh: Tha thu a' coimhead uabhasach snog a-nochd, a Mhàiri Louise.
Tha an dreasa a' tighinn riut.

Màiri Louise: Tapadh leat, a Dhaibhidh. Chan eil thu fhèin a' coimhead dona!

Daibhidh: Tha an clàr-bìdh a' coimhead math, nach eil? Tha mi an dòchas gur
toigh leat sgadan.

Màiri Louise: Sgadan? Ò, euch! Cha toigh leam iasg. Gabhaidh mi am brot
agus... Ò chan eil fhios agam. Tha mi ag iarraidh rud inntinneach.

Daibhidh: Coiridh? Feuch an coiridh.

Màiri Louise: Ò, cha toigh leam biadh Innseanach. Tha e uabhasach teth.

Daibhidh: Uill gabhaidh mise an sgadan agus an uair sin an coiridh le rus agus
aran Nan. Mmm! Math, math! 'S fìor thoigh leam coiridh math.

Tha an neach-frithealaidh a' tighinn a-rithist. Tha iad a' toirt òrdan dha airson biadh.

*An dèidh greis, tha a' chiad chùrsa aca. (The waiter returns. They order their food and it's not long
before the starters arrive.)*

Neach-frithealaidh: Brot agus sga-aa-adan!

*Tha an sgadan a' tuiteam air ceann Màiri Louise. (The plate of herring slides off the waiter's tray
and, before he can catch it, lands on Màiri Louise's head.)*

Neach-frithealaidh: Oops!

Màiri Louise: Ò mo chreach! Obh obh!



Neach-frithealaidh: Ò, tha mi uabhasach duilich.

Màiri Louise: Aaagh, euch! M'fhalt! Mo dhreasa! Is beag orm iasg. Ò, am faileadh! Tha e grod.

Feumaidh Màiri Louise i fhèin a nighe. Tha i a' ruith dhan taigh-bheag. Tha an neach-frithealaidh uabhasach duilich. (Màiri Louise rushes off to the toilet to fix her hair and clean her dress. The waiter is very apologetic.)

Neach-frithealaidh: Tha mi uabhasach, uabhasach duilich.

Daibhidh: Tha mise duilich cuideachd. Tha an t-acras gam tholladh!

Tha am prìomh chùrsa a' tighinn agus tha a h-uile rud a' dol gu math a-nise. (The main courses have arrived without incident and everything seems to be going well.)

Daibhidh: Mmm, tha an coiridh sgoinneil! Siuthad, feuch e!

Màiri Louise: Ò, chan eil fhios agam. A bheil e teth?

Daibhidh: Teth? Chan eil! Tha e fìor mhath. Seo.



Màiri Louise: Ò, mo chreach! (a' casadaich) Òbh, obh, obh! Tha ... e ... cho, cho teth! (a' casadaich a-rithist) Uisge, uisge! Thoir dhomh an t-uisge, a Dhaibhidh! (fuaim 'glug glug') Aaahh ... tha sin nas fheàrr. Ò mo bheul, mo bheul bochd. Tha e goirt.

Tha na mìlsean aca a-nise. Tha Màiri Louise a' bruidhinn ri Daibhidh mun obair aice. An-ath-mhionaid, chan eil Daibhidh a' faireachdainn gu math. Over dessert, Màiri Louise is chatting to Daibhidh about her job when suddenly he looks very unwell.

Màiri Louise: A Dhaibhidh, a Dhaibhidh? Dè tha ceàrr?

Daibhidh: Ò tha mi duilich, a Mhàiri Louise. Chan eil mi a' faireachdainn gu math. Tha mo cheann goirt agus tha mi a' dol a chur a-mach. Feumaidh sinn falbh. Greas ort! Cuir ort do sheacaid!

Màiri Louise: Dè?



Tha cabhag air Daibhidh. Tha e a' bruidhinn ris an neach-frithealaidh. (Daibhidh urgently calls the waiter over.)

Daibhidh: Gabhaibh mo leisgeul, am faod mi an cunntas fhaighinn, mas e ur toil e?

Neach-frithealaidh: Faodaidh, gu dearbh.

Màiri Louise: Ò mo chreach, Daibhidh bochd.

Daibhidh: Och, càit a bheil an neach-frithealaidh? Greas ort! Obh obh!

Tha Daibhidh a' leum fon bhòrd. (Daibhidh suddenly dives under the table.)

Màiri Louise: A Dhaibhidh? Dè idir a tha ceàrr ort a-nochd? Dè tha thu a' dèanamh fon bhòrd?

Daibhidh: Tha mo sgian air an làr.



An uair sin, tha nighean a' tighinn. Chan eil i idir toilichte. Tha i ag iarraidh bruidhinn ri Daibhidh. (Just then a girl comes over to their table. She doesn't look happy. She lifts the tablecloth to speak to Daibhidh.)

Catriona: Hallò, a Dhaibhidh.

Daibhidh: Ò, umm ... hallò, a Chatriona.

Catriona: Cò tha seo?

Daibhidh: Umm ... e ... seo mo phiuthar.

Màiri Louise: Do phiuthar? Dè? A Dhaibhidh, dè tha thu ag ràdh? Chan eil thu gu math ceart gu leòr. Chan eil piuthar agad.

A' bruidhinn ris an nighinn (speaking to the girl)

Is mise Màiri Louise agus tha sinn air deit. Cò thu?

Catriona: Uill is mise Catriona, agus bha mi fhìn agus Daibhidh air deit a-raoir.

Màiri Louise: Ò, mo chreach! Ò, mo nàire!



An uair sin, tha an neach-frithealaidh a' tighinn leis a' chunntas.
(Just then, the waiter arrives with the bill.)

Neach-frithealaidh: Tha mi an dòchas gun do chòrd am biadh ribh agus tha mi uabhasach duilich mun sgadan.

Tha Màiri Louise uabhasach crosta. (Màiri Louise is furious.)

Màiri Louise: Huh! An Sgadan? Ma chì mise Daibhidh a-rithist, bidh e cho marbh ri sgadan!





24. An clàr-bìdh

- Tha thu fhèin agus do charaid(ean) anns an aon taigh-bìdh ri Daibhidh agus Màiri Louise.
- Leugh an clàr-bìdh.
- Dè ghabhas sibh?
- Dèan còmhraidh mun chlàr-bìdh.
- Coimhead air na h-Abairtean feumail agus Faclan ùra airson cuideachadh.

You and your friend(s) are at the same restaurant as Daibhidh and Màiri Louise. Look at the menu together and comment on some of the choices. What will you have to eat and drink? Like Màiri Louise, there may be some items on the menu that you like and don't like. Use the **Abairtean feumail** and the **Faclan ùra** to help you discuss the menu together.

Taigh-bìdh a' Chrùin

Clàr-bìdh

An toiseach

brot glasraich le aran
paté le aran-coirce
muasgain-chaola le sabhs 'Màiri-Ròs'
agus sailead
sgadan ann am picil

Milsean

sailead mheasan
cèic tofaidh le sabhs tofaidh teth
cèic càise le anann
Pavlova sùbh-làir
crepe le sabhs seòclaid theth
(milsein uile le reòiteag no uachdar)
Càise de gach seòrsa le aran-coirce
agus briosaidean
dà chùrsa **£15**/trì cùrsaichean **£20**

Annlan

paidh staoig
uanfheòil ròsta
muicfheòil fhuar
cearc ann an sabhs coiridh**
iasg ann an sabhs geal
(annlan le glasraich no sailead agus
buntàta no sliseagan)
**le rus agus aran Nan

Deochan

fion geal/dearg/pinc **£5** airson glainne
leann **£2.50**
sùgh-mheasan **£1.50**
uisge **£1.25**
sùgh-liomaid **£1.50**
Còc **£1.50**
Irn Brù **£1.50**
Tì/cofaidh le seòclaidean **£2.50**

Tha sinn an dòchas gun còrd Taigh-bìdh a' Chrùin ribh!

Abairtean feumail

Tha ... a' coimhead math, nach eil?	... looks good doesn't it?
Cha bhi mi ag ithe ... idir.	I don't eat ... at all.
Cha bhi mi ag ithe feòil idir.	I don't eat meat at all.
Is/cha toigh leam ...	I like/do not like...
Is fìor thoigh leam ...	I really like...
Is beag orm ...	I hate...
Dè tha thusa a' dol a ghabhail?	What are you going to have?
Gabhaidh mi ...	I will have...
Tha mi a' smaoinichadh gun gabh mi ...	I think I'll have...
Chan eil mi cinnteach.	I'm not sure.
Chan eil fhios agam.	I don't know.
Tha mi airson ... fheuchainn.	I'd like to try...
Euch!	Yuck!
Ò mo chreach!	Oh my goodness!
blasta	tasty
fallain	healthy
mì-fhallain	unhealthy
math dhut	good for you
dona dhut	bad for you
Chan eil mi a' tuigsinn.	I don't understand.
Dè th'ann an...?	What is...?
Seall sin!	Look at that!

Faclan ùra

sgadan	herring	rus	rice
picil	pickle	anann	pineapple
muicfheòil	pork	sùbh-làir	strawberry
uanfheòil	lamb	tofaidh	toffee
muasgain-chaola	prawns	uachdar	cream
sabhs	sauce	leann	beer

Tha thu deiseil de **Mhodal 3 Aonad 2**

'S math a rinn thu

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



<input type="checkbox"/>	'S urrainn dhomh/I can:	
<input type="checkbox"/>	Name some different nationalities	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Ask for a table in a restaurant	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Use some words and phrases useful for eating out	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say where something is located in relation to me	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say where something is located in relation to someone else	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Use some phrases that contain different words for 'that'	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Discuss and give some information about my diet and lifestyle	<input type="checkbox"/>

Faclan is abairtean

Biadh eadar-nàiseanta

biadh Albannach
biadh Eadailteach
biadh Frangach
biadh Gearmailteach
biadh Greugach
biadh Iapanach
biadh Innseanach
biadh Sìonach
biadh Spàinnteach

Daoine eadar-nàiseanta

Albannach
Eadailteach
Frangach
Gearmailteach
Greugach
Iapanach
Innseanach
Sìonach
Spàinnteach
'S e Albannach a th' annam.
'S e Eadailteach a th' ann.

A-mach gu biadh

Am faigh mi bòrd airson còignear?
Am faod mi an cunntas fhaighinn?
Am faod mi aran fhaighinn?
Am faod mi bòrd fhaighinn airson ceathrar?
am biadh as fheàrr sa bhaile
am pìotsa as fheàrr sa bhaile
an sailead Greugach as fheàrr ann an Alba
an taigh-bìdh as fheàrr leam
An toir thu dhomh...?
an toiseach
annlan
biadh na mara
bòrd airson deichnear
Chan eil cus salainn math dhut.
Chan urrainn dhomh ithe le chopsticks.
cunntas, an cunntas (m)
de gach seòrsa
Dè ghabhas tu/sibh?
deochan, na deochan

International cuisine

Scottish food
Italian food
French food
German food
Greek food
Japanese food
Indian food
Chinese food
Spanish food

Nationalities

Scottish
Italian
French
German
Greek
Japanese
Indian
Chinese
Spanish
I'm Scottish.
He's Italian.

Out for a meal

May I get a table for five?
May I get the bill?
May I have some bread?
May I have a table for four?
the best food in town
the best pizza in town
the best Greek salad in Scotland
my favourite restaurant
Will you give me...?
starters (to start)
main courses
seafood
a table for ten
Too much salt is not good for you.
I can't eat with chopsticks.
bill, the bill
of every/each kind of
What will you have?
drinks, the drinks

diathad, an diathad (f)
 fada ro theth
 fhad 's tha tha sinn a'feitheamh
 fion dearg, am fion dearg (m)
 fion geal, am fion geal (m)
 glasraich, a'ghlasraich (f)
 leann, an leann (m)
 measan, na measan
 milis
 mìlsean, na mìlsean
 muc-fheòil, a'mhuc-fheòil (f)
 muasgain-chaola, na muasgain-chaola
 rus, an rus (m)
 sabhs, an sabhs (m)
 saileadan, na saileadan
 saillte
 sgadan, an sgadan (m)
 sgadan saillte, an sgadan saillte
 sùgh-mheasan, an sùgh-mheasan (m)
 teth
 Tha mi an dòchas gum bi am piotsa math.
 Tha mi an dòchas gun còrd am biadh ribh.
 Tha mi an dòchas gun do chòrd am biadh ribh.
 Thoir dhomh...
 tiugh
 tòrr eile
 uachdar, an t-uachdar (m)
 uanfheòil, an uanfheòil (f)

Càit a bheil...?

air mo bheulaibh
 air do bheulaibh
 air a bheulaibh
 air a beulaibh
 air mo chùlaibh
 air do chùlaibh
 air a chùlaibh
 air a cùlaibh
 mu mo choinneimh
 mu do choinneimh
 mu a choinneimh
 mu a coinneimh
 ri mo thaobh
 ri do thaobh
 ri a thaobh
 ri a taobh

lunch, the lunch
 far too hot
 while we are waiting
 red wine, the red wine
 white wine, the white wine
 vegetables, the vegetables
 beer, the beer
 fruit, the fruit
 sweet
 sweets/desserts, the sweets/desserts
 pork, the pork
 prawns, the prawns
 rice, the rice
 sauce, the sauce
 salads, the salads
 salty
 herring, the herring
 salt herring, the salt herring
 fruit juice, the fruit juice
 hot/spicy
 I hope that the pizza will be good.
 I hope that you enjoy the food.
 I hope that you enjoyed the food.
 Give me...
 tough/thick
 lots more
 cream, the cream
 lamb, the lamb (meat)

Where is...?

in front of me
 in front of you
 in front of him
 in front of her
 behind me
 behind you
 behind him
 behind her
 opposite me
 opposite you
 opposite him
 opposite her
 beside me
 beside you
 beside him
 beside her

a' ceangal sheantansan

gu bheil
gum bi
gun robh
nach bi
nach eil
gur e
gur toigh

Tha mi an dòchas nach bi i tinn.

Tha mi a' smaoineachadh gur e an taigh-bìdh
Greugach an t-aite as fheàrr sa bhaile.

Thuir Fionnlagh gun robh an taigh-bìdh math.

Biadh is Slàinte

Bidh dotairean ag ràdh...
brisgeanan, na brisgeanan
cus salainn
eacarsaich, an eacarsaich (f)
eacarsaich gu leòr
fallain
mì-fhallain

Tha/chan eil ... math dhut

Tha/chan eil ... dona dhut

Tha cuileag nam shailead!

Tha eacarsaich cudromach.

Tha fios agam nach eil ... math dhut.

Gnàthasan-cainnt

Bidh e gu math saillte dhut!

Cho làn ri cnò.

Cho marbh ri sgadan.

Cho tiugh ri seann bhròg

linking sentences

that (is/are)

that (will)

that (was/were)

that (will not be)

that (is/are not)

that (is a/the)

that (likes)

I hope that she will not be ill.

I think that the Greek restaurant is the
best place in town.

Finlay said that the restaurant was
good.

Food and Health

Doctors say...

crisps, the crisps

too much salt

exercise, the exercise

enough/plenty of exercise

healthy

unhealthy

... is/is not good for you

... is/is not bad for you

There's a fly in my salad!

Exercise is important.

I know that ... isn't good for you.

Expressions

It will cost you dearly/You'll pay for it.

As full as a nut (very full).

As dead as a herring.

As tough as an old shoe



Sùil air ais 1a Biadh Sìonach

- Coimhead air a' bhiadh gu h-ìosal.
- Sgrìobh am biadh ann an Gàidhlig.
- Cleachd Faclan is abairtean airson cuideachadh.

Look at the foods from different countries below. Where does each food come from? Write in Gaelic.

Mar eisimpleir: Noodles and spare ribs



Biadh Sìonach Chinese food

1. Pasta and pizza
2. Frogs legs and snails
3. Kebabs and Feta cheese
4. Seaweed and sushi
5. Pakora and chicken korma
6. Paella and tapas
7. Black pudding and haggis
8. Saurkraut and bratwurst

Sùil air ais 1b Is e biadh Albannach as fheàrr leam

- Coimhead air na freagairtean agad bho Sùil air ais 1a.
- Freagair na ceistean seo.
- Sgrìobh na freagairtean agad ann am Beurla cuideachd.

Look at your answers from **Sùil air ais 1a**. Answer these questions about your own tastes in food. Write your answers in Gaelic and English.

a) Dè am biadh as fheàrr leat?

Is e biadh _____ **am biadh as fheàrr leam.**

b) Dè am biadh as toigh leat?

Is toigh leam biadh _____.

c) Dè am biadh nach toigh leat?

Cha toigh leam biadh _____.

d) Are there any kinds of food that you have never tried and would like to? Write your answer like this:

Tha mi airson biadh _____ **fheuchainn.**

I would like to try _____ food.



Sùil air ais 2 Bòrd airson triùir, mas e ur toil e

- Tha thu ag obair ann an taigh-bìdh trang.
- Tha daoine ag iarraidh bòrd.
- Maids na daoine ris a' bhòrd cheart.

You work in a busy restaurant. Lots of people come in wanting tables. Match each party to the correct table.

a)



b)



c)



d)



e)



f)



1.

Am faod mi bòrd airson
sianar fhaighinn?
Tapadh leibh.

2.

Feasgar math. Am
faigh sinn bòrd airson
deichnear?

3.

Gabhaibh mo leisgeul, am
faod mi bòrd fhaighinn
airson ceathrar?

4.

Tha mi ag iarraidh bòrd
airson seachdnar mas e
ur toil e.

5.

Bòrd do naoinear,
tapadh leibh.

6.

Hallò. Am faigh mi
bòrd airson dìthis,
mas e ur toil e?



Sùil air ais 3a Taigh-bìdh a' Chrùin 1

- Tha Taigh-bìdh a' Chrùin trang.
- Leugh na tha daoine ag ràdh.
- Maids a' Ghàidhlig ris a' Bheurla.
- Sgrìobh a' Ghàidhlig agus a' Bheurla.

The Crown Restaurant is busy. Read what some of the customers and staff have to say. Match the Gaelic to the English.

a) Dè ghabhas sibh?

e) Feumaidh mi a dhol dhan taigh-bheag.

b) Càit a bheil na taighean-beaga?

f) Gabhaidh mi fion dearg.

c) Am faod sinn an cunntas fhaighinn?

g) An gabh sibh deoch fhad 's a tha sibh a' feitheamh?

d) Am faod sinn clàr-bìdh fhaighinn?

h) Tha mi cho làn ri cnò!



Beurla

What will you have?

I'm very full.

I'll have red wine.

Will you have a drink while you are waiting?

May we have the bill?

Where are the toilets?

I need to go to the toilet.

May we have a menu?



Sùil air ais 3b Taigh-bìdh a' Chrùin 2

- Coimhead air an dealbh gu h-ìosal de Thaigh-bìdh a' Chrùin.
- Leugh na builgeanan-cainnt ùra.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Sgrìobh na builgeanan Gàidhlig.
- Eadar-theangaich na builgeanan gu Beurla.

Look at the scene below from **Taigh-bìdh a' Chrùin**. Read and copy the speech bubbles from customers and staff in the restaurant. Write the English for each one.



1. Fàilte!

2. Tha an t-acras gam tholladh.

3. Am faod mi aran fhaighinn?

4. An toir thu dhomh an salann?

5. Mas e ur toile.

6. Tha mi an dòchas gun do chòrd am biadh ribh.

7. Mar sin leibh!



Sùil air ais 4 Tha mi cho làn ri cnò!

- Èist ris a' chòmhradh. (Earrann 9)
- Tha Sarah agus a caraidean a-muigh aig biadh.
- Tha iad ann an taigh-bìdh ùr ann an Steòrnabhagh.
- Freagair na ceistean.

Listen to the conversation. Sarah and her friends are out for a meal in a new restaurant in Stornoway. Answer the questions in English.

Ceistean

- The manager greets them when they arrive. What does he say?
- Sarah asks for a table. How many people will the table seat?
- What does Sarah say to her friend Shazia?
- A waitress comes over. What does she say?
- What does Sarah ask the waitress if they may have while they are waiting?
- What does Calum order to drink?
- They discuss the menu. Sarah comments on the kind of food on the menu. Name two kinds of food available.
- What does Sarah hope?
- Shazia orders a pizza. List three of the toppings she chooses.
- Calum asks the waitress where the toilets are. Are they
 - on his left
 - behind him
 - opposite him?
- The main courses have arrived. What does Calum ask Shazia?
- What comment does Shazia make?
- After their main courses, they look at the dessert menu. What does Sarah say she will have?
- What else does Calum ask the waitress for?
- The friends finish their meal. Shazia makes a comment. Does she say she feels:
 - tired
 - ill
 - full?
- Calum makes a comment about the food. What does he say?
- The waitress comes over. What does she say?
- As they are leaving, the manager speaks to them. What does he hope?
- Sarah arranges to see Shazia again. Where and when will she see her?



Cultar Clann-nighean an sgadain

- Leugh an earrann mu obair an sgadain.
- Freagair na ceistean a leanas.

Read the passage about the herring industry and answer the questions which follow.

An gàire mar chraiteachan salainn
ga fhroiseadh bho 'm bial
an sàl 's am picil air an teanga,
's na meuran cruinne, goirid a dhèanadh giullachd,
no a thogadh leanabh gu socair, cuimir,
seasgair, fallain,
gun mhearachd,
's na sùilean cho domhainn ri fèath.

bho *Clann-nighean an sgadain* le Ruairidh MacThòmais

Their laughter like a sprinkling of salt
showered from their lips,
brine and pickle on their tongues,
and the stubby short fingers that could handle fish,
or lift a child gently, neatly,
safely, wholesomely,
unerringly,
and the eyes that were as deep as a calm.

Clann-nighean an sgadain

Clann-nighean an sgadain (the herring girls) were the women who worked in the herring fishing industry in the late 1800s and early 1900s; gutting, salting and packing the catch as it was landed in all the major herring ports round Britain.

Around 1914, the herring industry was booming. Scotland was exporting around 2.5 million barrels of **sgadan saille** (salt herring) a year, making its fishing industry the largest in Europe. Stornoway was one of the largest herring ports in Britain at that time. In 1914, 20% of the population of Lewis worked at the herring. Three thousand of those were women – some as young as fifteen. It is said that of all the girls working as **cutairean** (gutters) around Britain, the women of Lewis were thought to be the best workers.



“nan tràillean aig ciùrairean cutach”

Before the season began each year, **ciùrairean** (curers) would choose a team of skilled **cutairean** they wanted to work for them. These women would be given a down-payment called an **àirleas** to secure them for labour for the season. The girls always worked in teams of three – two **cutairean** and a packer and it was the responsibility of those women paid an **àirleas** to recruit the other two members of her team. A skilled team could gut and pack 21,000 herring during a ten hour shift.



“Thall ‘s a-bhos air Galltachd ‘s an Sasainn”

Each herring season, girls would ‘travel the herring’. They would travel huge distances round the coast of Britain, following the migrating shoal. This meant they were away from their homes and families for months at a time. When they went away, each girl would take with her a few items of clothing and personal possessions, bedding and the crockery and cutlery she would need for meal times. This would be carried in a **ciste** (a wooden chest). Whilst the women were away, they would live in basic little wooden shacks near the dock, sharing with up to five other girls.

“gaoth na mara geur air an craiceann”

Teams would be expected to be on hand the minute the fish was landed by the boats. This sometimes meant long hours waiting around (unpaid) on the cold and blustery dockside. To pass the time while they were waiting for the boats the women would chat, sing songs and knit. When they were working, they would wear an oilskin apron and big rubber or leather boots to protect their clothes and feet. A headscarf would prevent some of the fish scales and salt from getting into their hair and a woollen shawl kept out some of the cold. Surprisingly, they didn’t have any gloves to protect their hands from the gutting knife and this often left them with painful cuts and wounds on their hands that were made worse by the frequent exposure to icy cold water and salt.

“na miaran cruinne, goirid a dhèanadh giullachd”

When the herring was landed, it was poured into a **fàrlain** (a big wooden trough) with water and plenty of rough salt. The women would stand over this, poised with a **cutag** (a sharp gutting knife), ready to start work. As they gutted, they would throw the fish intestines into a gut basket, and simultaneously assess the size and grading of each fish, throwing it into the appropriate basket behind them, ready for the packer. The girls were so used to their work, they could almost do it blindfold. An average **cutair** could gut and sort around 40 herring a minute, but the most experienced ones could manage up to double that amount.

Because herring is an oily fish, it had to be cured with salt as quickly as possible to prevent it from rotting. Apart from this, the salt had an additional benefit. It made the gutters' job easier because the coarse salt made the fish less slippery to handle. In an effort to protect their hands, the women wrapped cotton rags tightly around their fingers. But, working quickly with slippery fish and a razor sharp **cutag** meant that nasty cuts were sometimes inevitable. Working elbow deep in wet salty fish meant that the smallest of nicks would be very painful and slow to heal, so they had to be extremely careful. Not only were their hands uncomfortable, but if they were too damaged to work, they and their team would suffer loss of wages as a result.



“na mìltean bharaillean ud”

The tallest girl of each team would be assigned as the **pacair** (packer). She had to be tall enough to bend over into the barrel and reach the bottom of it. The fish had to be packed in layers, tightly and very precisely – belly facing upwards. The packers were supervised by **cùbairean** (coopers) who kept a watchful eye on how the work was done. When a girl completed the first layer of fish in the bottom of the barrel, she would shout for the **cùbair**. If he was happy with the layer, she would then add a layer of coarse salt to cover the fish before beginning the next tier.

When a barrel was filled, this was called **a’ chiad lionadh** (the first filling). It would then be rolled on its side, and left for about ten days or so, to allow the herring to settle. After that, it was time for **an t-ath lionadh** (the next filling). The **picil** (pickle/brine) was drained from the barrel and more fish added to it. The saved **picil** would then be poured back in. **An treas lionadh** (the third, and last, filling) finally filled the barrel to the brim. It would then be sealed and branded with the date and the packer’s identity number, ready for shipping.



“Bu shailte an duais a thàrr iad”

There is little doubt the herring girls’ work was laborious and repetitive. They worked long hours, six days a week, separated from their families for long periods of time and for poor pay. Unlike many jobs today, the gutting team would be paid by the barrel, not by the hour. The payment was split between each member of the team. Therefore, the faster the girls worked the more wages they received. Teams in Stornoway in the 1930s were paid around one shilling per barrel. Girls in their first year at the herring were called **cuibhlearan** (coilers). They were paid less than the more experienced girls. But it didn’t take them long to learn their trade. By the time they had completed one season, they would be fully familiar with the work and able to earn as much as the others.

“An gàire mar chraiteachan salainn”

Hard as the work was, the herring girls were well-known for their good spirits, wit and humour. There was always plenty of fun and banter amongst them. They would often sing **òrain obrach** (working songs) together to pass the time and there was certainly no shortage of fun when they did get some time off.

A' tilleadh dhachaigh

Families at home would very much look forward to the girls coming back from the herring. Each girl would arrive home with her **ciste** full of presents of things that were expensive to buy and difficult to get in Lewis. Here two of the girls talk about what they would take home.

"Bhiodh sinn ri toirt dhachaigh tòrr phreusantan gu na càirdean 's dh'fheumadh sinn sin - blobhsaichean brèagha a chitheadh sinn ann am bùth: h-abair gum biodh sinn spaideil an uair a thigeadh sinn dhachaigh. Bhiodh sinn ri toirt dhachaigh tòrr shoithichean, 's bha iad cho saor. Bhiodh sinn ri toirt dhachaigh leth-dusan cupan 's leth-dusan truinnsair an-còmhnaidh, mil-poit 's bobhla. Bha e cho saor ann an siud a bharrachd air Steòrnabhagh."*

"Bhiodh sinn a' ceannach ornaments agus aodach, curtains, aodach leapa, cèic mhòr cuideachd agus botal fion agus jar mòr jam."*

*Às an leabhar *Clann-nighean an Sgadain* le Tormod Calum Dòmhnallach agus Leslie Davenport (Acair Earranta, 1987).





Obair 1

- Freagair na ceistean.

Answer the questions.

1. How many girls would make up a gutting team?
2. What would a herring girl pack in her '**ciste**' to take to the herring fishing?
3. What would the girls do to pass the time whilst they were waiting for boats to land?
4. What would a gutter wear for work?
5. How many herring could a skilled gutter gut in one minute?
6. What was the purpose of covering the herring in salt?
7. Why was the tallest girl in each team assigned to the job of packer?
8. How much were teams paid for each barrel of salt herring in the 1930s?
9. List some of the items the girls would bring home after a season away at the herring.



Obair 2

- Maids a' Ghàidhlig ris a' Bheurla.

Copy the Gaelic words. Write the correct English definition beside each one.

1. cutag
2. ciùrairean
3. fàrlain
4. a' chiad lionadh
5. òrain obrach
6. cuibhlean
7. an treas lionadh
8. picil
9. sgadan sailte
10. ciste
11. an t-ath-lionadh
12. àirleas
13. cùbairean
14. cutairean

- ♦ salty liquid that preserved the herring
- ♦ the first filling of a barrel
- ♦ salt herring
- ♦ the second filling of a barrel
- ♦ girls in their first year at the herring
- ♦ down-payment given to gutters to contract them for the season ahead
- ♦ chest used to carry a girl's belongings when she was working away
- ♦ the final filling of a barrel
- ♦ working songs
- ♦ the men who supervised the packers
- ♦ gutting knife
- ♦ wooden gutting trough
- ♦ gutters
- ♦ the men who employed herring teams

Buntàta is sgadan

Sgadan sailhte from Stornoway was extremely popular in the olden days and was sold all over Eastern and Western Europe and Russia. It was also enjoyed by the people of Lewis, usually on a Saturday lunchtime or as a light supper. It would be eaten with the fingers, served with plenty of floury potatoes and washed down with a glass of **bainne goirt**, if it was available, or **bainne ùr**.

Although **sgadan sailhte** is not as readily available or as popular today as it once was, traditional Tattie 'n' Herring nights are still sometimes held by communities and societies, usually as social or charitable events. The Gaelic Society of London still holds an annual **Oidhche Bhuntàta is Sgadain** that it is very popular with London Gaels.

sgadan sailhte

salt herring

bainne goirt

thickened unpasteurised milk, with cream and whey removed

bainne ùr

fresh milk

Oidhche Bhuntàta is Sgadain

Tattie and Herring Night

Pròiseact Sgoile Eadar-roinneil

Oidhche bhuntàta is sgadain

Why not organise your own **Oidhche Bhuntàta is Sgadain** at school? This could be run as a community event to raise money for school funds.

You could enlist the help of your school canteen or Home Economics department to help with the cooking, as well as getting other departments involved in various tasks to help make this a great night!



Tha mi an dòchas
gun còrd an sgadan
sailhte ribh.

'S urrainn dhomh/I can:

Name some hobbies and activities

sreap-chreagan, bòbhladh, hocaidd-deighe, falbh air bòrd-sneachda, geama leusair...

Talk about trying new things

Tha mi airson bòbhladh fheuchainn, A bheil thu airson sreap-chreagan fheuchainn?

Use noun replacements for feminine, masculine and plural nouns

tè, an tè, fear, am fear, feadhainn, an fheadhainn
Is toigh leam an tè phinc, feuch am fear dubh,
Is fheàrr leam an fheadhainn gheala...

Ask if something suits you

A bheil a' bhriogais a' tighinn rium?

Say that something does/does not suit

Tha an sgiorta sin a' tighinn riut, chan eil an geansaidh a' tighinn ris, tha an lèine a' tighinn rithe...

Use some idiomatic phrases to describe how I am feeling

Tha an t-acras gam tholladh!

Tha mi air mo lathadh!

Tha mi cho làn ri cnò

Say I hope that someone enjoys something

Tha mi an dòchas gun còrd am preasant rithe.
Tha mi an dòchas gun còrd am biadh ribh.

Recognise some different words for 'that'

Chuala mi gun robh an cafaidh Frangach math
Tha mi an dòchas gum bi am piotsa math
Tha iad ag ràdh gur e taigh-bidh math a th'ann.
Tha mi an dòchas nach bi i tinn.
Tha dotairean ag ràdh nach eil cus salainn math dhut.

Tha mi a' smaoinèachadh gu bheil mi fallain.

Use some language useful in an argument

Dùin do chab! Trusdair! 'Ille!
Bidh thu cho marbh ri sgadan! Bidh e gu math saillte dhut!

Say that something is far too...

Tha ... fada ro ghoirid, fada ro mhòr, fada ro bheag, fada ro dhaor, fada nas fheàrr.

Say something costs £0.99, £1.99, £9.99

not ach sgillinn, dà not ach sgillinn, deich notaichean ach sgillinn,...

Give some opinions on diet and lifestyle

Tha mi a' smaoinèachadh gu bheil mi fallain/mì-fhallain, tha ... math dhut, tha ... dona dhut, bidh mi a' dèanamh eacarsaich gu leòr.

Name some different nationalities

Sìonach, Eadailteach, Albannach, Frangach, Innseanach, Gearmailteach, Greugach...

Ask for things in a restaurant

Am faigh mi bòrd airson dithis?
Am faod mi an cunntas fhaighinn?
An toir sibh dhomh an t-uisge mas e ur toil e?
Dè ghabhas tu? Gabhaidh mi...

Say where something is in relation to you

ri mo thaobh, mu mo choinneimh, air mo chùlaibh, air mo bheulaibh

Say where something is in relation to others

air do chùlaibh, air do bheulaibh, mu a choinneimh, ri a taobh

Dh'ionnsaich mi/I have learned:

a little information about hill climbing in the Highlands and

The Cuillin mountain range in Skye is a popular yet dangerous climbing spot with Mountain Rescue climbers. The mountain rescue team are frequently called out to help climbers in trouble.

a little about the life and work of the herring girls of Lewis
skilled herring girls in Britain

The herring industry was booming from the late 19th century into the early 20th century. 20% of the population of Lewis worked at the herring. Herring girls worked in all major herring ports in Scotland and England, in teams of three gutting and packing salt herring for export.

some Gaelic words related to the herring industry

àirleas, cùtairean, fàrlain, cùbairean, picil, sgadan saillte, cutag, ciste...

some more about the culture topics in this module through Gaelic literature

Ri Aghaidh na Creig by Maoilios Caimbeul
Clann-nighean an Sgadain by Ruairidh MacThòmais



Ceum a bharrachd 1 Tha cuileag nam shailead!

- Còimhead air an dealbh-chluich. (Earrann bhidio 2)
- An uair sin, leugh an dealbh-chluich ann am buidheann de thrìuir.
- Dèanaibh an dealbh-chluich air beulaibh a' chlas.

Watch the video of the short play. Read the script in a group of three. Perform the play for your class. Watch the video again to help you with pronunciation.



Tha cuileag nam shailead!

Tha taigh-bidh ùr Frangach air fosgladh sa bhaile. Tha Tormod agus a bhean, Seonag, a-muigh aig biadh ann. Chan eil dad a' còrdadh ri Seonag!

A new French restaurant has opened in town. Norman and his wife Joan have gone along to try it out. Joan manages to find fault with everything!

Neach-frithealaidh: Hallò! Bonjour! Fàilte gu Taigh-bidh Jacques.

Tormod: Feasgar math. Am faigh mi bòrd airson dithis mas e ur toil e?

Neach-frithealaidh: Gheibh. Tha sinn trang an-dràsta, ach bidh am bòrd deiseil ann an deich mionaidean. A bheil sin ceart gu leòr?

Seonag: Deich mionaidean! Tha an t-acras gam tholladh!

Neach-frithealaidh: Tha mi duilich.

Tormod: Tha sin ceart gu leòr. Am faod sinn coimhead air a' chlàr-bidh fhad's a tha sinn a' feitheamh?

Neach-frithealaidh: Faodaidh gu dearbh! Dèanaibh suidhe. Seo an clàr-bidh. An gabh sibh deoch fhad's a tha sibh a' feitheamh?

Tormod: Gabhaidh, tapadh leibh.

Neach-frithealaidh: Dè ghabhas sibh, a chàirdean? Fion? Tha fion math, Frangach againn.

Tormod: Bhiodh sin math. Gabhaidh sinn...

Seonag: Euch! Cha toigh leam fion. Gabhaidh mise sùgh-mheasan.

Tormod: Gabhaidh mise fion geal mas e ur toil e.

Neach-frithealaidh: Glè mhath. Dà mhionaid.

Tha an neach-frithealaidh a' tighinn leis na deochan.

Neach-frithealaidh: Seo sibh. Tha am bòrd deiseil a-nis.

Seonag: **Taing do shealbh!**

Suidhidh iad sìos agus tha an neach-frithealaidh a' falbh a-rithist.

Tormod: Tha e spaideil an seo. Nach eil, a Sheonag? Seall na cùirtearan brèagha, na dealbhan àlainn **de Pharis** air a' bhalla agus na planntaichean air an uinneig. Ah! Tha sinn ann am Paris, **a ghràidh**. Uill **tha e coltach ris co-dhiù**.

Seonag: Paris? **Paris an tuirt thu? Gu dearbha** tha mi an dòchas gu bheil Paris nas blàithe na an rùm seo. Tha mise air mo lathadh!

Tormod: Tha am fion seo math.

Seonag: A bheil? Uill tha mi an dòchas gu bheil e nas fheàrr na an sùgh-mheasan.

Tormod: Carson? Dè tha ceàrr air?

Seonag: Tha e ro mhillis agus tha a' ghlainne **salach**.

Tormod: Uill, abair clàr-bidh. Tha a h-uile càil a' coimhead math, nach eil? Seall – iasg, staoig, cearc, **casan muile-mhàgaig, seilcheagan**.

Seonag: **Casan muile-mhàgaig! Seilcheagan!** Euch! Chan ith mi sin. Chan eil dad air a' chlàr-bidh as toigh leamsa.

Tormod: Uill **tha mise a' smaoineachadh gun gabh mi** staoig. **Cha tèid thu fada ceàrr le staoig**.

Seonag: Gabhaidh mise paté agus an uair sin iasg le sabhs geal agus sailead.

Tha an neach-frithealaidh a' tighinn air ais.

Neach-frithealaidh: Nise, dè ghabhas sibh?

Seonag: Am faigh mi am paté agus an uair sin gabhaidh mi an t-iasg le sabhs geal agus sailead.

Neach-frithealaidh: Glè mhath. Agus sibh fhèin?

Tormod: Gabhaidh mi an staoig mas e ur toil e.

Neach-frithealaidh: A bheil sibh ag iarraidh buntàta no sliseagan?

Tormod: Am faod mi sliseagan fhaighinn?

Neach-frithealaidh: Faodaidh gu dearbh.

Seonag: Chan fhaod! Gabhaidh e buntàta. A Thormoid, chan eil sliseagan math dhut. Chan eil iad fallain. Bidh thu cho reamhar ri ròn!

Tormod: Ceart gu leòr, a ghràidh.

Tha an neach-frithealaidh a' tighinn leis a' bhiadh.

Neach-frithealaidh: Tha mi an dòchas gun còrd am biadh ribh.

Tormod: Tapadh leibh. An toir thu dhomh an salann, a ghràidh?

Seonag: Cha toir, a Thormoid. Chan eil cus salainn math dhut. Tha e mì-fhallain.

Tormod: Ceart gu leòr, a ghràidh. Mmm! Tha an staoig sgoinneil. **A bheil thu ag iarraidh pios fheuchainn,** a Sheonag?

Seonag: Tha. (*a' cagnadh agus a' cagnadh*) Ò, tha i **cho tiugh ri seann bhrò!**

Tormod: Tha mise a' smaoin eachadh gu bheil i math dha-rìribh. Ciamar a tha an t-iasg?

Seonag: Chan eil ro mhath. Tha e ro shailte. An toir thu dhomh an t-uisge?

Tormod: Bheir. Seo. Am faod mi an t-iasg fheuchainn?

Seonag: Faodaidh.

Tormod: Mmm, tha an t-iasg math. Ach tha mi a' smaoin eachadh gu bheil an staoig nas fheàrr.

Seonag: Tha i nas daoire cuideachd. Abair prìs!

Tha Seonag a' faicinn boireannach aig an ath bhòrd.

Seonag: Seall, a Thormoid! Sin **Màiri a' Cho-op**. Air do chùlaibh.

Tormod: Cò?

Seonag: Màiri Ruadh. Tha i ag obair sa Cho-op. Ach **cò am fear a tha còmhla rithe?** 'S dòcha gu bheil iad a-muigh air deit! Euch! Tha e grànda. Ò agus **seall an dreasa a th' oirre**. Chan eil i a' tighinn rithe. **Chan fhaca mi riamh a leithid!**

Tormod: Ist, a Sheonag. **Coma leat!** Ith do shailead.

Seonag: **Ò mo chreach!**

Tormod: Dè tha ceàrr a-nis?

Seonag: **Tha cuileag nam shailead!** Euch!

Tormod: Càite? Chan eil mise ga faicinn.

Seonag: Ò, a Thormoid. Tha an t-àite seo grod. Feumaidh mi a dhol dhan taigh-bheag. Tha mo stamag goirt. Tha mi cho tinn ri cù. Tha mi ag iarraidh a dhol dhachaigh!

Tormod: Ach chan eil mi deiseil. Mo staoig!

Seonag: Tha mi coma.

Tha Tormod ag ithe beagan a bharrachd den staoig fhad's a tha Seonag san taigh-bheag. Tha e a' cur fios air an neach-frithealaidh.

Tormod: Gabhaibh mo leisgeul. Am faod mi an cunntas fhaighinn mas e ur toil e?

Neach-frithealaidh: Faodaidh. Dà mhionaid.

Tha an neach-frithealaidh a' tighinn leis a' chunntas.

Neach-frithealaidh: Tha mi an dòchas gun do chòrd am biadh ribh. An robh a h-uile càil ceart gu leòr?

Tormod: Ò chòrd. Bha e math dha-rìribh.

Tha Seonag a' tighinn air ais bhon taigh-bheag.

Seonag: Cha do chòrd am biadh rium idir. Cha do chòrd an t-àite seo rium. Bha mi air mo lathadh, bha an sùgh-mheasan ro mhillis, bha a' ghlainne salach, bha an staoig fada ro thiugh, bha an t-iasg fada ro shailte agus bha cuileag nam shailead! Bha e grod agus tha mo stamag goirt a-nis. Tha mi a' dol a bhruidhinn ris a' mhanaidsear, agus **bidh e gu math saillte dhut!**

Tha Seonag a' falbh airson bruidhinn ris a' mhanaidsear. Tha Tormod a' pàigheadh a' chunntais.

Neach-frithealaidh: Ò. Tha mi uabhasach duilich. **Tha mi an dòchas nach bi i tinn.**

Tormod: Ist! **Tha mise an dòchas gum bi!**

Faclan feumail

Taing do shealbh!

de Pharis

a ghràidh

Tha e coltach ris co-dhiù.

Paris, an tuirt thu?

Gu dearbha!

salach

casan muile-mhàgaig

seilcheagan

Tha mise a' smaoinichadh gun gabh...

Cha tèid thu fada ceàrr le staoig.

cho reamhar ri ròn

A bheil thu ag iarraidh pìos fheuchainn?

Cho tiugh ri seann bhròg!

Màiri a' Cho-op

Cò am fear a tha còmhla rithe?

Seall an dreasa a th' oirre!

Chan fhaca mi riamh a leithid!

Coma leat!

Ò mo chreach!

Tha cuileag nam shailead!

Bidh e gu math saillte dhut!

Tha mi an dòchas nach bi i tinn.

Tha mise an dòchas gum bi.

Thank goodness!

of Paris

dear/darling

It's like that anyway.

Paris, did you say?

Indeed!

dirty

frogs' legs

snails

I think I'll have...

You can't go far wrong with steak.

as fat as a seal

Do you want to try a piece?

As tough as an old shoe!

Mary the Co-op

Who's the man with her?

Look at the dress she's got on!

I've never seen the like!

Never mind!

Oh my goodness!

There's a fly in my salad!

It'll cost you dearly!/You'll pay for it!

I hope she won't be ill.

I hope she will be.




Ceum a bharrachd 2. An taigh-bìdh as fheàrr sa bhaile!

- Tha thu air a bhith a-muigh aig biadh.
- An do chòrd e riut?
- Sgrìobh lèirmheas air an taigh-bìdh.
- Cò ris a bha e coltach?
- Chan fheum am fiosrachadh agad a bhith fìor.
- Dh'fhaodadh tu sgrìobhadh mu thaigh-bìdh ainmeil a rannsaich thu air-loidhne.
- Feuch gun sgrìobh thu co-dhiù 100 facal.
- Cleachd an Cànan feumail agus Faclan is abairtean airson cuideachadh.
- Tha eisimpleir de phàirt de lèirmheas ann airson do chuideachadh.

You have been out for a meal. Did you enjoy it? Write a review of the restaurant. Your information doesn't have to be true. You might, for example, choose to write a review of a famous restaurant you have researched on-line. To help you, use the **Cànan feumail** box, the **Faclan is abairtean** as well as the example below showing the beginning and end of a sample review.

You should aim to write at least 100 words. Comment on the following:

- ✓ **Càit a bheil e?**/location
- ✓ **an clàr-bìdh**/menu
- ✓ **am biadh**/food
- ✓ **an t-seirbheis**/service
- ✓ **an t-àite**/interior
- ✓ **prìsean**/prices



Naidheachdan Cheumannan Biadh is Beachdan

le Ròn Reamhar

Tha mi dìreach air tilleadh bho Taigh-bìdh a' Chrùin air Sràid a' Mhonaidh ann an Inbhir Nis agus abair gun do chòrd e rium. Ma tha thu airson biadh math fhaighinn, feuch e! Tha biadh fìor mhath air a' chlàr-bìdh agus tha am biadh Eadailteach aca sgoinneil – gheibh thu pasta agus piotsa de gach seòrsa an seo. Tha mi a' smaoinichadh

gum bi an t-àite seo math airson òigridh gu h-àraid. Tha an luchd-frithealaidh òg agus beothail, tha na prìsean reusanta agus tha an t-seirbheis sgiobalta...

Nam bheachd fhìn, 's e seo an taigh-bìdh as fheàrr sa bhaile! Siuthad! Ma tha thu measail air biadh math, feuch fhèin Taigh-bìdh a' Chrùin. Tha mi an dòchas gun còrd e riut!

Cànan feumail

Ma tha thu airson biadh math fhaighinn, feuch...

Tha taghadh math air a' chlàr-bìdh.

...de gach seòrsa

leithid

Airson daoine nach eil measail air feòil

Math airson òigridh

beothail

Tha an t-seirbheis sgiobalta

an luchd-frithealaidh

Tha an taobh a-staigh spaideil/snasail.

Tha na prìsean reusanta.

eagalach daor/trang/blasta

sònraichte math

direach sgoinneil

Bha am biadh àlainn/mìorbaileach/annasach.

Biadh eadar-nàiseanta

Ghabh mise...

Abair gun do chòrd e rium!

Na mo bheachd fhèin

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil...

'S e ... an taigh-bìdh as fheàrr sa bhaile.

Bha mi cho làn ri cnò.

Chòrd ... rium gu mòr.

Cha do chòrd ... rium idir.

Chan eil ach aon ghearan agam.

Cha robh gu leòr air an truinnsear.

Thèid mi air ais a-rithist.

Tha mi an dòchas gun còrd e ribh.

Bidh mi a' tilleadh gun teagamh.

Cha tèid mi air ais ann an cabhaig.

Siuthad! Feuch e!

If you are looking for good food, try...

There's a good choice on the menu.

all sorts of...

such as

for people not keen on meat

good for young people

lively

the service is quick

the waiting staff

The interior is smart/cool.

The prices are reasonable.

extremely expensive/busy/tasty

especially good

just fantastic

The food was beautiful/marvellous/unusual.

international food

I had...

Wow, did I enjoy it?

In my own opinion

I think that...

... is the best restaurant in town.

I was stuffed full!

I really enjoyed...

I didn't enjoy ... at all.

I've only got one complaint.

There wasn't enough on the plate.

I'll go back again.

I hope you enjoy it!

I'll be returning, without a doubt.

I won't be going back in a hurry.

Go on! Try it!